Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh
Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis
Dihaoine 8 Dùbhlachd 2017 @ 11:00m

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an Taigh-òsta Kingsmills, Inbhir Nis, Dihaoine 8 Dùbhlachd 2017 bho 11.00m

Clàr Chùisean

4.2017.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Fàilte air buill ùra a' Bhùird agus taghadh oifigearan	Airson Aontachaidh
(f)	Dreach gheàrr-chunntas air coinneamh Blas Festival Earranta	Airson Fiosrachaidh

4.2017.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas 2017	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(c)	Fèisgoil	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Beairteas	Aithris airson Fiosrachaidh
(e)	Tasgadh: Stòras nan Ealan Dùthchasach	Airson Fiosrachaidh
(f)	Lèirmheas Bliadhnail Alba Chruthachail	Airson Fiosrachaidh

4.2017.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2017-18	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultain 2017	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2017-18	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Fiosrachaidh

4.2017.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Oifis Phort Rìgh	Aithris airson Aontachaidh

4.2017.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Geàrr-aithisgean Sgioba-obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid

4.2017.06 EILE

(a)	Cinn-latha choinneamhan 2018	Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail ann an Taigh-òsta Bhaile a' Chaolais air Dihaoine 22 Sultain 2017 bho 2.00f

3.2017.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Donnchadh MacGuaire (Cathraiche), Deirdre Beck, Kirsteen Ghreumach, Raibeart MacFhionghain, Peigi NicIllInnein, Ùisdean Robasdan, Elaine Spence, An Comhairliche Iain A MacÌomhair (CnES), Art MacCarmaig (a' frithealadh), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (a' frithealadh), Anne Willoughby (a' frithealadh), Eilidh NicCoinnich (a' frithealadh), Moreen Pringle (a' frithealadh).

Cuideachd an làthair: Anna Mhoireach

Rinn Karen Oakley eadar-theangachadh mar-aon.

(b) Leisgeulan

Ealasaid NicIlleBhàin, Seumas Caimbeul, Brian Ó hEadhra (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Jo Peteranna (HIE).

Chuir Donnchadh MacGuaire fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Bhathar air geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 19 Cèitean 2017 a sgaoileadh.

Mhol Peigi NicIllInnein gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Raibeart MacFhionghain a' cur a thaic rithe.

(d) Cùisean a thog ceann

Chuir Donnchadh MacGuaire fàilte air an e-Sgoil aig Comhairle nan Eilean Siar, bu chòir dhi cothroman air leth a thoirt do dhaoine òga sna h-Eileanan an Iar.

3.2017.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith cur Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Chaidh pròram obrach airson a' chiad ràith de 2017-18 a sgaoileadh, agus thugadh fa-near dha.

Rinn Donnchadh MacGuaire moladh air an luchd-obrach agus an luchd-obrach saor-thoileach airson na choilean iad ann an 2016-17 agus bha e misneachail gun leanadh an t-adhartas a bha iad air a dhèanamh ann an 2017-18.

Bhruidhinn e air diofar phàirtean den obair againn leithid Dràma, na Tabhartasan aig Tasgadh, Trèanadh do Luchd-obrach agus Fèis Bhlas.

Thuirt Art MacCarmaig gun robh Fèis Ghàidhlig Ghlaschu air comataidh ùr, làidir a chur air chois agus gun do chùm iad a' chiad tachartas aca aig Bun-sgoil Ghàidhlig Ghleann Dail a bha air a bhith glè shoirbheachail.

(b) Tachartasan as t-Samhradh

Bhruidhinn Calum Ailig Mac a' Mhaoilein air na Fèisean a chaidh a chumail as t-samhradh agus chuir e meal-a-naidheachd air Fèis Eilean na Hearadh, Fèis Lochabair agus Fèis na h-Òige agus iad uile air an 25mh ceann-bliadhna aca a chomharrachadh le tachartasan sònraichte.

Chaidh seachd Cèilidhean air Chuairt a chumail air feadh Alba san robh 42 luchd-ciùil an sàs. Bha iad air cluich aig còrr is 200 tachartas rè an t-samhraidh. Bha Fèis Rois air trì Cèilidhean air Chuairt eile a chur air dòigh. Chunnaic còrr is 20,000 duine na Cèilidhean air Chuairt againn ann an àiteachan air feadh na dùthcha.

Le Guth nan Gàidheal, am pròiseact co-obrachaidh bliadhnail againn leis an Ionad Oriel ann an Dún Dealgan, ann an Èirinn, bha cothrom aig sianar luchd-ciùil aig a bheil Gaeilge a thighinn a dh'Alba airson obrachadh còmhla ri sianar òga bho na Fèisean (chaidh iad sin a thaghadh bho am measg 11 thagraiche). Dh'obraich iad còmhla nuair a bha Fèis Lochabair ann gus na sgilean ciùil is cànain aca a leasachadh. Tha planaichean ann gus turas a chur air dòigh ann an Èirinn.

(c) Blas 2017

Rinn Art MacCarmaig aithris air Blas 2017. Cha robh na h-àireamhan air an dearbhadh fhathast, ach bha mu 40 prìomh thachartas air a bhith ann a bharrachd air tachartasan ann an sgoiltean; cuideachd thadhail luchd-ciùil air dachaighean-cùraim agus bha Dràma air Chuairt ann, iomairt ùr far an robh luchd-dràma a' tadhal air sgoiltean agus chaidh dà thaisbeanadh dràma a shealltainn don phoball.

Bha moladh air a bhith aig daoine air an taghadh fharsaing de thachartasan a chaidh a chumail.

Thòisich FèisTV a' craoladh beò, le dà phròg ram air an craoladh.

Ri linn maoineachaidh a fhuaras bho CnES, chaidh tachartasan a chumail sna h-Eileanan an Iar am-bliadhna.

Chaidh triùir riochdairean ùra bho Chomhairle na Gàidhealtachd a chur an dreuchd mar Bhuill de Bhòrd Fèis Bhlas Earranta agus dheigheadh coinneamh a chumail cho luath 's a dheigheadh ceann-latha aontachadh.

(d) Fèisgoil

Thug Eilidh NicCoinnich cunntas air na pròiseactan aig Fèisgoil:

Dràma:

- Ghabh 14 duine pàirt ann an Sgoil Shamhraidh 2017 thairis air cola-deug. Chaidh dealbh-chluichean a shealltainn don phoball sa Phloc agus ann an Cille Mhoire. Thathar air tòiseachadh ag ullachadh airson na h-ath-bhliadhna.
- Meanbh-chuileag – Chaidh bùth-obrach le cleasachd a chumail do luchd-ionnsachaidh ann an 18 sgoiltean san t-Sultain. Chaidh a' bhùth-obrach a chumail le Aonghas MacLeòid mar thaisbeanadh dràma le aon neach.
- Bha Meanbh-chuileag gu bhith a' dol air chuairt le dealbh-chluich do sgoilearan Gàidhlig eadar 2 is 26 Dàmhair. 'S e seo a' chiad phàirt den chuairt, bidh iad a' dol air chuairt a-rithist sa bhliadhn' ùir. Leis a' chiad phàirt den chuairt tadhlaidh Meanbh-chuileag air sgoiltean ann am meadhan na h-Alba, Obar Dheathain agus Earra-Ghàidheal. San dàrna leth den chuairt bidh iad a' tadhal air sgoiltean sna h-Eileanan an Iar, san Eilean Sgitheanach agus air tìr-mòr na Gàidhealtachd.
- Chaidh Hùb Hàb air chuairt sna h-Eileanan an Iar agus chòrd e gu mòr ri daoine.
- Thathar a' planadh an-dràsta airson panto na bliadhna.

Ceòl:

- Tha am pròiseact, Seinn, air tòiseachadh a-rithist. Tha Kirsteen Ghreumach agus Eilidh NicCoinnich (An t-Eilean Sgitheanach) a' lìbhrigeadh a' phròiseict dhuinn ann an Stafainn, Cille Mhoire agus Port Rìgh.
- Acadamaidh a' Mhòid - Tha 4 oidean a' tadhal air 14 sgoiltean ann an Loch Abar thairis air 6 seachdainean airson ullachadh airson a' Mhòid Nàiseanta san Dàmhair. Thug Deirdre Beck taing do dh'Fhèisean nan Gàidheal airson seo a chur air dòigh, thoradh bha e air a bhith na chuideachadh mòr dha na sgoiltean a bha an sàs ann.
- Ghabh oidean bho Iomairt Chiùil na h-Òigridh (ICO) agus Blasad Gàidhlig pàirt ann an latha-trèanaidh san Lùnastal.
- ICO - tha am pròg ram air tòiseachadh sa mhòr-chuid de sgìrean agus thathar ga chumail sna ceithir seachdainean aig deireadh na teirm seo agus sa chiad ceithir seachdainean aig toiseach an ath theirm.

Cànan:

- Blasad Gàidhlig: An Eaglais Bhreac – 4 oidean a' tadhal air 7 sgoiltean/sgoiltean-àraich – Linda NicLeòid, Eilidh NicCarmaig, Lorna Young agus Maeve NicFhionghain. 4 seachdainean air an

teirm seo, 7 seachdainean an ath theirm, 9 seachdainean air an teirm às dèidh sin agus 4 seachdainean airson na teirm mu dheireadh.
- Tha againn ri clasaichean a thoirt seachad ron Nollaig ann an Canaigh, Àrasaig, Eige, Sròn an t-Sìthein agus Loch Àlainn.
- Fìobha – thòisich seiseanan ùra ann am meadhan na Sultaine le trì sgoiltean – le latha slàn anns gach tè dhiubh suas chun na Nollaig. The 3 oidean againn – Noraidh MacÌomhair, Maeve NicFhionghain agus Lindsay Charnley.
- Chaidh Meanbh Fhèisean a chumail ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh agus Acadamaidh Chùil Lodair.

(e) Tasgadh: Tabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do na Buill air Tasgadh.

B' e an ceann-latha airson a' chiad chuibhrinn de thabhartasan 14 Iuchar, agus fhuaras 14 iarrtasan. Choinnich am pannal air 28 Iuchar gus bruidhinn air na h-iarrtasan agus thugadh tabhartasan seachad luach £9,155 do 12 thagraiche.

Thèid dà chuibhreann eile de thabhartasan a thoirt seachad ann an 2017-18 le cinn-latha air 27 Dàmhair 2017 agus 2 Gearran 2018.

Thug na Buill fa-near don aithisg.

(f) Iarrtas airson Ballrachd

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le lethbhreac de dh'iarrtas airson ballrachd na cois bho Fhèis Chille Bhrìghde an Ear.

Bhiodh an Fhèis ùr seo a' tachairt ann an Cille Bhrìghde an Ear agus 's ann do sgoilearan bho Bhun-sgoil Beinn Chamshroin as motha a bhiodh an Fhèis.

Bhathar a' moladh san aithisg gabhail ris an iarrtas seach nach eil mòran chothroman aig sgoilearan Gàidhlig san sgìre pàirt a ghabhail ann an tachartasan nam Fèisean. Cuideachd, nan deigheadh ballrachd a thoirt dhaibh, bhiodh Fèisean nan Gàidheal a' coileanadh aon de na builean aca bho Phlana a' Phrògraim airson 2015-20.

Ghabh am Bòrd ris an iarrtas bho Fhèis Chille Bhrìghde an Ear.

(h) Plana airson Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail: Aithisg Adhartais

Chaidh aithisg adhartais le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh ùr do na Buill air adhartas leis a' Phlana CII againn, a bhios ga chur an gnìomh chun a' Mhàirt 2018.

Tha aig luchd-obrach agus na Buill ri trèanadh a dhèanamh air-loidhne.

Bha Art a' dol a bhruidhinn ri riochdairean bho na Fèisean mun phlana aig a' cho-labhairt agus bhrosnaicheadh e iad a bhith a' gabhail pàirt san trèanadh air-loidhne cuideachd.

Rachadh foirm-sgrùdaidh a chur gu oidean agus cunnradairean bhon taobh a-muigh ro dheireadh na bliadhna.

Thug na Buill fa-near don aithisg agus bha iad toilichte leis an adhartas a chaidh a dhèanamh.

3.2017.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a) Teachd-a-steach is Cosgaisean 2017-18

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 31 Lùnastal 2017.

Bha fiosrachadh sna notaichean aig deireadh na h-aithisge air a' mhaoineachadh a fhuaras agus am maoineachadh nach d' fhuaras fhathast.

Thug na Buill fa-near don fhiosrachadh.

(b) **Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire**

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £4,898.43
- Cunntas Àrd-rèidh - £407,410.21
- Cunntas Bhlas - £5,695.88

Thugadh fa-near gun robh sùim àrd sa chunntas àrd-rèidh nuair a chaidh a' choinneamh a chumail air sàillibh gun deach grunn shuimeannan a phàigheadh ro-làimh airson chùmhnantan nach deach a choileanadh fhathast, me, ICO air a' Ghàidhealtachd.

(c) **Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2017**

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2017, a bha air an ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) **Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2017-18**

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2017-18 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu 31 Lùnastal, agus thugadh fa-near dhi.

(e) **Cunntasan Bliadhnail gu 31 Màrt 2017**

Chaidh na cunntasan bliadhnail airson 2016-17, a dh'ullaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh.

Bha an luchd-sgrùdaidh air dearbhadh gun robh, nam beachd-san, na cunntasan a' toirt cunntas fìor agus cothromach air suidheachadh a' chompanaidh charthannais air 31 Màrt 2017. Dhearbh iad cuideachd nach robh dad aca ri aithris a thaobh chùisean air am feumadh iad aithris a dhèanamh don Bhòrd fo Achd nan Companaidhean 2006 agus Riaghailtean (mar a chaidh an atharrachadh) airson Cunntasan Bhuidhnean Carthannais (Alba).

Dh'aontaich Buill a' Bhùird ris na cunntasan ron Choinneimh Bhliadhnail.

(f) **A' Fastadh Luchd-sgrùdaidh**

Às dèidh dhaibh a dhearbhadh gum biodh iad a' sireadh àrdachadh de 1% sna prìsean aca, dh'aontaich am Bòrd a mholadh dhan Choinneimh Bhliadhnail Mann Judd Gordon fhastadh a-rithist mar luchd-sgrùdaidh airson 2017-18.

(g) **Aontaidhean Maoineachaidh**

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fios as ùr do na Buill air an t-suidheachadh a bh' ann a thaobh nam prìomh aontaidhean maoineachaidh aig a' bhuidhinn.

Rinn e aithris air còmhraidhean le EventScotland air prìomh thachartas a dh'fhaodamaid a chur air dòigh mar phàirt de Bhliadhna na h-Òigridh 2018. Bhiodh an tachartas mar phàirt de dh'Fhèis Bhlas an ath-bhliadhna agus bhiodh daoine bho air feadh Alba an sàs ann.

Cuideachd, sgaoil e litir bho Alba Chruthachail le fios as ùr air an adhartas leis an iarrtas againn airson Maoineachadh Cunbhalach airson 2018-21. Thathar an dùil gun dèanar co-dhùnadh air sin ro dheireadh na bliadhna.

Thug na Buill fa-near don t-suidheachadh a thaobh nan diofar aontaidhean maoineachaidh.

3.2017.04 **LUCHD-OBRACH**

Fios as ùr

(a)

- Tha Nicola Simpson air tilleadh a dh'obair a-nis pàirt-thìde às dèidh dhi a bhith air fòrladh màthaireil.
- Bidh Karen Oakley deiseil na dreuchd ann an ùine nach bi fada.
- Bha Diane Bruce air a bhith còmhla rinn air greis gnìomhachais fad 10 seachdainean as t-samhradh.
- Tha Calum Ailig Mac a' Mhaoilein agus na h-Oifigearan Leasachaidh a' cumail chòmhraidhean air a bhith ag atharrachadh cò ris a tha na diofar Fhèisean an urra.

- Chaidh meal-a-naidheachd a chur air Vicky NicIllEathain, a chleachd a bhith na h-Oifigear Leasachaidh againn às dèidh dhi Anndra MacDhòmhnaill a phòsadh.

3.2017.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais an Luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh agus thug iad taing don a h-uile duine airson na h-obrach cruaidh a rinn iad.

A thaobh na h-aithisg aig Art, thugadh fa-near gum biodh riaghailtean dìon dàta ùra gan cur an gnìomh sa Chèitean 2018 agus dh'fheumte obair a dhèanamh gus dèanamh cinnteach gun robh a' bhuidheann deiseil airson sin.

Bha Art air sgrìobhadh gu na Fèisean uile le comhairle air sàbhailteachd aig tachartasan, mar a chaidh iarraidh aig a' choinneimh mu dheireadh den Bhòrd.

Chaidh freagairtean a chur a-steach gu trì co-chomhairleachaidhean poblach air Planaichean Gàidhlig.

Ghabh Donnchadh MacGuaire an cothrom taing a thoirt do Anne Willoughby agus Moreen Pringle airson na taice a thug iad dha rè nan ceithir bliadhna a bha e na Chathraiche.

(b) Pròram airson na Coinneimh Bliadhnail is na Co-labhairt 2017

Chaidh aithisg a sgaoileadh le Anne Willoughby le fiosrachadh do na Buill air a' phròram airson na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt, agus thugadh fa-near dhi.

Dheigheadh a' Choinneamh Bhliadhnail a chumail aig 6.30f agus bhiodh dinnear is cèilidh ann às dèidh làimh. Thòisicheadh a' cho-labhairt aig 9.15m Disathairne.

Thuirt Buill a' Bhùird gum biodh iad toilichte nam fuiricheadh cìs ballrachd nam Fèisean aig £130.

(c) Aithisg Bhliadhnail 2017

Chaidh Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal airson 2017 a sgaoileadh air post-d ron choinneimh agus bha lethbhric phàipeir rim faotainn don a h-uile duine aig a' choinneimh.

Thugadh taing do Chalum Ailig agus Art airson an aithisg ullachadh, san robh sealladh glè inntinneach air a' bhliadhna a dh'fhalbh.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na bha san aithisg agus chuir iad aonta rithe ron Choinneimh Bhliadhnail.

(d) Ballrachd a' Bhùird

Thugadh fa-near gun robh ceathrar Bhall gu bhith a' fàgail a' Bhùird – Donnchadh MacGuaire, Ùisdean Robasdan, Elaine Spence agus Peigi NicIllInnein – agus gun robh aon dreuchd air a' Bhòrd a bha air a bhith bàn airson ùine a dh'fheumte a lìonadh.

Chuireadh Art air dòigh gun deigheadh fios a chur gu na Fèisean agus gun tòisicheadh am pròiseas gus Buill a mholadh às dèidh na Coinneimh Bliadhnail.

Dh'fhuiricheadh na Buill a th' ann an-dràsta sna dreuchdan aca gun choinneimh san Dùbhlachd.

3.2017.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath Choinneimh

Thèid an ath choinneamh a chumail ann an Inbhir Nis air 8 Dùbhlachd aig 11.30m.

Fèisean nan Gàidheal

Fàilte air buill ùra a' Bhùird agus taghadh oifigearan

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.01(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a dhaingneachadh mu na buill ùra agus stiùir a thoirt do bhuill uile mu na h-oifigearan a bhios a dhìth air a' Bhòrd-stiùiridh.

Bun Fhiosrachadh

A-rèir sgeama Fèisean nan Gàidheal airson buill a thaghadh don Bhòrd, b' fheudar do cheathrar bhall am Bòrd-stiùiridh fhàgail am-bliadhna an dèidh dhaibh an ùine as fhaide a tha ceadaichte dhaibh a chur seachad air a' Bhòrd.

Bha aon bheàrn eile ann fad ùine mhath agus sheas ball eile sìos air thoiseach air an ùine as fhaide a bha ceadaichte dha a bhith air a' Bhòrd.

Dh'fhàg sin sia beàrnan ri lìonadh agus, an dèidh dhuinn molaidhean a shireadh bho na Fèisean, thàinig na h-ainmean a leanas am bàrr:

Sarah-Jayne Shankland (Fèis nan Garbh Chrìochan) - Sgìre na Gàidhealtachd
Colin Sandilands (Fèis Rois) - Sgìre na Gàidhealtachd
Anna Murray (Fèis Eilean an Fhraoich) - Sgìre nan Eilean Siar
Anne Macaulay (Fèis an Rubha) - Sgìre nan Eilean Siar
George Stoddart (Fèis Fhoirt) - Sgìrean Eile

Leis nach robh feum air bhòt chaidh gabhail ri gach neach agus chaidh cuireadh a thoirt dhaibh àite a ghabhail air a' Bhòrd-stiùiridh.

Tha sin a' fàgail aon bheàrn fhathast agus dh'fhaodadh am Bòrd aontachadh dè b' fheàrr leotha a dhèanamh airson a lìonadh, no a fàgail bàn an-dràsta.

Oifigearan a' Bhùird

Bidh feum air a' Bhòrd air

- Cathraiche
- Rùnaire

agus

- Ionmhasair no Iar-Chathraiche

Bidh taghadh ga chumail aig a' choinneimh airson daoine a bhios deònach na h-uallachaidhean seo a ghabhail os làimh. Tha beagan a bharrachd fiosrachaidh mu na dreuchdan sin anns na duilleagan a leanas.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh agus, le stiùir bho Dhonnchadh MacGuaire aig a' choinneimh, aontachadh ri daoine a thaghadh do na dreuchdan ainmichte shuas.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2017

Office Bearers

The **Chair** should:

- Be elected by the Board from within the membership
- Ensure that Board Members have a proper knowledge of their roles and responsibilities
- Keep fully abreast of all that is going on within Fèisean nan Gàidheal
- Meet regularly with the CEO, and develop an effective working relationship with the CEO and other senior staff
- Set the agenda along with the CEO
- Chair meetings of the Board, and ensure that all Board members participate
- Take responsibility for external representation
- Speak for the Board publicly, if necessary, and should ideally be a Gaelic speaker
- Ensure that the Board carries out its essential functions efficiently and effectively
- Be delegated to take essential decisions between meetings

Office Bearers

The **Secretary** should:

- Be elected from within the Board
- Ensure that all Annual Returns are made on time to Companies House
- Ensure that accounts are lodged annually with Companies House
- Ensure that a list of all members is up to date, and available at all times
- Ensure that copies of the minutes of all meetings are available to anyone who asks
- Ensure compliance with OSCR regulations
- If there is no Vice Chair, deputise for the Chair *

* There is no legal requirement to have a Treasurer, but it is good practice to have someone who can oversee finances. In the past Fèisean nan Gàidheal has had a **Vice Chair** rather than a **Treasurer** at times.

Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Blas Earranta
Diardaoin 23mh Samhain 2017 @ 2.30f
Seòmar Comataidh (a' chiad ùrlar)
Talla a' Bhaile, Inbhir Nis
Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.01(f)

Meeting of the Board of Blas Festival Ltd
Thursday 23rd November 2017 @ 2:30pm
Committee Room (first floor)
Town House, Inverness

Dreach Gheàrr-chunntas | Draft Minutes

B1.2017.01 An làthair
Present
George Stoddart (Chair), Arthur Cormack, Company Secretary), Calum A Macmillan, Cllr Duncan Macpherson, Morag Anna Macleod Mitchell (Highland Council Gaelic Officer)

B1.2017.02 Leisgeulan
Apologies
Cllr Margaret Paterson and Cllr Kirsteen Currie.

B1.2017.03 Eachdraidh a' Chompanaidh agus Dleastanasan a' Bhùird
Company History and Board Responsibilities
Arthur Cormack gave a short presentation on the history of the Blas Festival as well as the nature of the partnership between The Highland Council and Fèisean nan Gàidheal in running the event. The role of directors of the Blas Festival Ltd was also outlined.

The content of the presentation was noted and it was agreed it should be circulated following the meeting particularly for the benefit of those who were not able to attend.

B1.2017.04 Geàrr chunntas na coinneimh mu dheireadh
Minutes of previous meeting
Minutes of the meeting held on 24 November 2016 had been circulated and were approved as true record by those who had been present.

B1.2017.05 Cunntasan Bliadhnail Sgrùdaichte gu 31.03.17
Audited Accounts to 31.03.17
Accounts for Blas Festival Ltd to 31 March 2017, prepared by Mann Judd Gordon, had been circulated.

Following some questions on the detailed income and expenditure, Board members noted the modest surplus from 2016-17 and confirmed they were happy with the accounts.

B1.2017.06 Cùmhnant Lìbhrigidh Comhairle na Gàidhealtachd 2017-18
Highland Council Delivery Contract 2017-18
It was noted that since no Service Delivery Contract (SDC) had been forthcoming for Blas in 2017-18, organisers had worked to deliver the conditions of funding outlined in the 2016-17 SDC.

Morag Anna Macleod confirmed that a retrospective SDC may be issued to satisfy the conditions of Fèisean nan Gàidheal's agreement with HIE which required them to have sight of any agreements for funding to match their input.

B1.2017.07 Toraidhean Blas 2017 agus Buidseat 2017-18
Outcomes from Blas 2017 and 2017-18 Budget
A paper prepared by Calum A Macmillan had been circulated outlining some of the highlights of Blas 2017, audience numbers and feedback, the financial outcome to 31 October 2017, as well as an estimate of expected outturn to 31 March 2018.

Board members asked for comparable total figures for the past few years and it was agreed these would be provided after the meeting.

There was a detailed discussion about marketing and ensuring there is high awareness of Blas and many of the ideas put forward were noted by staff for further action should Blas continue in 2018.

It was noted that the festival had been successful and that the final outturn may be subject to minor changes.

B1.2017.08 Maoin Comhairle na Gàidhealtachd 2018 air adhart

Highland Council Funding from 2018 onwards
A paper prepared by Arthur Cormack had been circulated outlining three scenarios for Blas: (1) should funding remain at the same level as 2017-18, (2) should funding be reduced by 45% and (3) should funding be withdrawn altogether.

The options were discussed by board members and it was agreed there should be some revision, particularly in relation to option 2, as well as some additional background information provided, before submission to Cllr Alasdair Christie.

Morag Anna Macleod Mitchell agreed to work with Arthur Cormack on preparing a revised paper for submission to Cllr Christie.

B1.2017.09 Bliadhna na h-Òigridh 2018

2018 Year of Young People
A paper prepared by Arthur Cormack had been circulated outlining plans for a signature event as part of the 2018 Year of Young People.

The idea of a largescale event celebrating young people's involvement in Highland culture was welcomed. There was discussion around a suitable venue with Cllr Duncan Macpherson of the view that Inverness Castle may be worthy of investigation as a potential place to host the event, given the transport links to and from the city.

It was agreed this would be looked at closely. Board members agreed that Fèisean nan Gàidheal's staff should continue the dialogue with EventScotland and complete a formal application to them at the appropriate time.

B1.2017.10 Modhan-obrach a' Bhùird san àm ri teachd

Board working practices in the future
Future working practices were discussed in an effort to strengthen the place of the Blas Festival Ltd board in planning and to discuss the frequency of meetings.

It was agreed that two meetings per year would probably suffice; one to agree the accounts and another to discuss the festival programme.

There was some discussion around inviting additional council members, from time to time, who may have an interest in Blas.

B1.2017.11 G I S B E

A O C B
There was no other business.

B1.2017.12 Ceann-latha na h-ath choinneamh

It was agreed that the next meeting would be set once the outcome of discussions on funding was known.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne anns an dàrna ràith de 2017-18.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Cuideachd, tha na dathan a leanas a' dèanamh ceangal eadar gach buil agus raointean leasachaidh bhon Phlana Prògraim aig Fèisean nan Gàidheal airson 2015-20:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròg raim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean		Fèis Spè - £500 airson bùithtean-obrach danna-ceum do chom-pàirtichean nan Cèilidhean air Chuairt mar a' chiad cheum gus barrachd dannsa fhighe a-steach do phròg ram na fèise. Fèis Inbhir Narainn – £472 airson teanta-ciùil a chuir air dòigh aig Fèis Belladrum a' tabhann bùithtean-obrach agus fiosrachadh mu thachartasan fèise, cèilidhean air chuairt agus Blas	

			Fèis nan Garbh Chrìochan - £500 airson bùiththean-obrach ciùil leis a' chòmhlan Dosca aig deireadh an t-Sultain Fèis Latharna - £844 airson pròiseact clàraidh	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois		Chaidh £29,333 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròram obrach aonaichte gu buil. Seo an treas bliadhna de dh'aonta trì-bliadhna.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig		Chaidh Dràma air Chuairt a chur air dòigh le taic sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig. Thug seo cothrom do chleasaichean òga Gàidhlig trèanadh is leasachadh a dhèanamh ann an sgilean cleasachd air thoiseach air cuairt seachdainneach. Chaidh dealbh-chluich ùr a sgrìobhadh le Catriona Leacsaidh Chaimbeul an aona-ghnothach airson a' phròiseict leis an ainm *Clach na Nathrach* le Catriona Leacsaidh Chaimbeul a bha cuideachd na stiùiriche. Bha am buidheann air chuairt rè seachdain Blas le taisbeanaidhean agus bùiththean-obrach ann àrd-sgoiltean le dà thaisbeanadh poblach ann an Slèite agus Inbhir Nis.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra		Sgrìobh Aonghas MacLeòid faclan airson taisbeanadh Bun-sgoil Ghlinne Dàil *An Tìgear a thàinig a chèilidh oirnn* is chuir Eilidh NicChoinnich fuinn riutha.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra		Chaidh coimisean ùr Blas 2017 do Jo NicDhòhmnaill agus thug seo cothrom dhi sgeulachd An t-Urr Uilleam MacMhathain innse le cuid de na h-òrain a chruinnich e gan gabhail le taghadh de sheinneadairean.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air adhart ann am Port Rìgh eadar 3 agus 14 luchar le 14 com-pàirtichean. Chaidh Daibhidh Walker fhastadh gus na compàirtichean a stiùireadh agus bha Artair Donald na leas-stiùiriche dha agus fhuair iad taic bho dithis a chaidh fhastadh mar luchd-aire/luchd-taic rè na Sgoile. Chaidh bùthan-obrach le eòlaichean ann sgrìobhadh cruthachail agus pupaidearachd a lìbhreagadh le Catrìona Lexy Chaimbeul bho Theatre Gu Leòr agus Gavin Glover a tha na phupaidear stèidhte ann an Glaschu le Potato Room Productions.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh		Chaidh £211,000 a thabhann do 45 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus chaidh aire luchd-eagrachaidh a tharraing gu ìrean pàighidh Aonadh an Luchd-chiùil le moladh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil		Tha iarrtas mòr ann fhathast air ionnsramaidean nuair a bhios na Fèisean a' tachairt, agus tha gu leòr dhiubh air mhàl nuair nach eil na Fèisean a' dol.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon		Tha sinn a' cumail oirnn a' stiùireadh an sgeama seo bho ar prìomh oifisean agus tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh deuchainnean 'foillseachaidh' (*disclosure*) airson Fèisean le 50 dhiubh gu deireadh R2.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi		Gheibhear maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh	

	cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan		oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Chaidh dà iarrtas a chur air adhart airson taic bhon stòras seo gu deireadh R2.	
AC11	Bùithtean-obrach is pròg raman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)		Chaidh an 11mh Fèis Dràma Earra-Ghàidheal air adhart sa Chèitean le dà sgoil a' sealltainn trì dealbhan-cluiche. Thug sinn taic cuideachd, le oide ann an sgoiltean Uibhist, ag ullachadh chloinne airson Fèis Dràma Uibhist.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G		Cha robh taic sam bith a dhìth gu ruige seo am-bliadhna	
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean		Chaidh ar n-iomairt ro-sgoile, Hùb Hàb, do 23 sgoiltean a' lìbhrigeadh cùmhnant do Chomhairle nan Eilean Siar leis an taisbeanadh *Hùb-Hàb agus na Cumaidhean Ceòlmhor*. Bha timcheall air 700 sgoilear an sàs.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail		Bidh co-dhiù aon chuirm phoblach aig gach Fèis - bidh a dhà aig a' mhòr-chuid - agus gheibh iad sin taic bhon Sgeama Thabhartasan.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta		Bidh Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bha a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2017-18 air 14mh luchar nuair a bha 14 iarrtasan againn, luach £11,263 gu h-iomlan. Chaidh 12 tabhartas a thoirt seachad luach £9,155 agus 's e 27mh Dàmhair an ath cheann-latha.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean		Chaidh £13,000 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, 1.0 dreuchd Ionann ri Làn-thìde (ILT).	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh		Fhuair sinn iarrtas ballrachd bho Fèis ùr ann an Glaschu ach chaidh oidhirp shònraichte a dhèanamh gnothaichean a neartachadh a' cleachdadh structar Fèis Ghàidhlig Ghlaschu agus chaidh tachartas air adhart anns a' Chèitean. Chaidh ballrachd aontachadh do dh'fhèis ùr, Fèis Chille Bhrìghde an Ear, san t-Sultain.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd		Bidh ar Prìomh Oifigear Leasachaidh a' dol gu coinneamhan den Bhuidhinn-stiùiridh aig Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd agus bidh sinn ag obair còmhla riutha air pròiseact son Bliadhna na h-Òigridh 2018.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh am pròg ram airson Fèis Bhlas 2017 fhoillseachadh aig deireadh an t-Ògmhios agus chaidh an fhèis a chumail eadar 1 is 9 Sultain. Bha program làidir ann le 36 consart agus pròg ram sgoile is coimhearsnachd cuideachd. Chaidh taisbeanadh ùr a bharantachadh airson na bliadhna seo – *Dìleab Uilliem* le Jo NicDhòmhnaill. Ghabh Blas a-steach àiteachan anns na h-Eileanan an Iar airson a' chiad uair leis gun robh sinn airson cuirmean a chur air dòigh a' comharrachadh gun robh Mòrag NicLeòid agus Fionnlagh MacLeòid air aois 80 a ruighinn, a bharrachd air Ceana Chaimbeul agus Fergie Dòmhnallach.	

			Thèid *Dìleab Uilleim* a chur air adhart a-rithist, le taisbeanadh nas lugha, aig a' Mhòd Nàiseanta san Dàmhair.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean agus thèid Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san Iuchar, tha na dhà dhiubh nan tachartasan còmhnaidheach air an cumail sa Ghàidhlig.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean		Bidh na h-Oifigearan Leasachaidh againn a' toirt taic do ghrunn Fhèisean. Tha an sgioba sùbailte nan obair agus bheir iad taic do chàch a chèile nuair a tha aon oifigear gu h-àraidh trang agus bidh iad a' gabhail stiùir air pròiseactan sònraichte leithid Cèilidhean air Chuairt no Fuaran. Tha iad an sàs ann an tòrr dhiofar leasachaidhean airson nam Fèisean.	
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail		Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòr-chuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Tha sinn a' lìbhrigeadh ar Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain		Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta		Ghabh 65 neach-eagrachaidh cothrom air trèanadh ann an 84 seiseanean. Bidh trèanadh eile ri fhaighinn aig àm sam bith nuair a bhios feum air.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin		Tha 55 seiseanan trèanaidh air a bhith ann don deichnear ag obair aig Fèisean nan Gàidheal.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh		Bidh Fèisean nan Gàidheal a' cumail taic ri Fèisean ionadail gus sgilean òigridh a leasachadh tro chlasaichean leantainneach, bùithtean-obrach agus sàr chlasiachean. Tha cothroman co-obrachaidh a' dol air adhart tro phròiseactan HYAH agus Fòram Ciùil Traidiseanta na h-Alba. Tha sinn an dùil stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh aon uair 's gum bi iad a' togal chomharran airson UCAS ann an Alba. Bha Diane Bruce air greis-obrach ScotGrad fad an t-sàmhraidh. Bha 47 còm-pàirtichean Chèilidhean air Chuiart an sàs ann an 45 seiseanan trèanaidh aig Fèis Alba anns a' Phloc.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh		Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh.	

AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh		Bha 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2017, nam measg còmhlan ga chruthachadh eadar Fèis an Earraich agus Fèisean nan Eilean Siar, a fhuair taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal. Chùm Fèis Rois 3 Cèilidhean eile air Chuairt, le maoineachadh fa leth.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh Blas a chumail eadar 1 agus 9 Sultain 2017. Faicibh AC19 gu h-àrd.	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Tha sinn an dòchas ag obair gu ruige prìomh thachartas a chur air dòigh airson Bliadhna na h-Òigridh 2018 le dùil iarrtas slàn a chur gu EventScotland uaireigin san t-Samhain.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Bha grunn de na Cèildihean air Chuairt a' gabhail pàirt ann an tachartasan Blas agus chluich Fèis Inbhir Narainn aig Belladrum. Chluich Cèilidh air Chuairt Fèis an earrach agus nan Eilean Siar aig HebCelt. Bha gu leòr do luchd-ciùil a bha an sàs anns na Fèisean, cuid de ar luchd-teagaisg agus òigridh Fèis Rois a' gabhail pàirt ann am fèis chiùil Interceltique de Lorient san Lùnastal. Chaidh Guth nan Gael, iomlaid chultaireach leis an Ionad Oirghialla ann an Dùn Dealgan, Èirinn, a chumail aig Fèis Lochabair le dusan com-pàirtiche. Bha Mairead Ford agus Fergie Dòmhnallach ag obair còmhla riutha gus blasad de dhualchas na sgìre a thoirt dhaibh. Ma shoirbhicheas iarrtas maoineachaidh, bu mhath leinn turas a dhèanamh a dh'Èirinn ann an 2018.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		Tha barrachd is barrachd der n-obair ga taisbeanadh sna meadhanan sòisealta agus tha grunn thachartasan rim faicinn a-nis air ar sianal YouTube. Chaidh dà chuirm a shruthadh beò air-loidhne agus tha sinn ag obair air leasanan air-loidhne a chur air dòigh mar phàirt den seanail didseatach FèisTV.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean		Tha 30 neach teagaisg air pàirt a ghabhail ann an 62 seiseanan trèanaidh gu deireadh R2. Thèid bùth-obrach trèanaidh air adhart san Lùnastal airson oidean ciùil. Tha obair air cùrsa ùr do dh'oidean a-nise crìochnaichte agus bidh seisean ann airson trèanadh a thoirt do luchd-trèanaidh san t-Samhain.	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs		Tha sreath de sheiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean ri chur air dòigh fhathast.	
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus		Tha sinn an dòchas am pròiseact Fuaran a leudachadh, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin a' togail nan sgilean sin. Tha sinn an-dràsta a' feuchainn ri	

	gan sgrìobhadh sìos		sruthan ionmhais a lorg.	
AC36	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Rinn muinntir nan Cèilidhean air Chuairt seachdain trèanaidh aig Fèis Alba san luchar, a bharrachd air tachartasan trèanaidh ionadail ron sin.	
AC37	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Bidh pàirt den trèanadh ga lìbhrigeadh aig Fèis Alba san luchar, agus cuiridh sinn tuilleadh trèanaidh air dòigh ma tha sin a dhìth.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Chaidh Meanbh-Fhèisean a chumail ann an Acadamaidh Chùil Lodair agus ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh san Ògmhios. Bha an t-seirbheis Fèisgoil gu math trang ann an R2 le clasaichean Blasad Gàidhlig ann an sgìre na h-Eaglaise Brice agus air Ghàidhealtachd. Bha ullachadh airson Mòdan a' dol air adhart san Eilean Sgitheanach agus tro Acadamaidh a' Mhòid ann an sgìre Loch Abar. Chaisg prìsean a thoirt do AEA agis Comhairle na Gàidhealtachd airson tuilleadh obrach leis an dà bhuidheann sin.	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile		Leanaidh clasaichean Ceòl Traidiseanta anns gach sgoil an sgìre Chomhiarle na Gàidhealtachd ach le nas lugha de sheiseanan ri linn gearraidhean ann am buidseat ICO.	
AC40	Prògraman de chlasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean coltach ri GLPS		Faicibh AC38.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean agus ghabh 16 deugairean le Gàidhlig pàirt ann an grunn chur-seachadan ann an Gàidhlig. Bidh cothrom ann do thuilleadh dhaoine air tachartas còmhnaidheach Gàidhlig le Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig san luchar. Tha sinn an dùil 5 Latha eile a chur air dòigh do dh'oileanaich aig àm freagarrach.	
AC42	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Tha luchd-teagaisg a' faighinn taic le teagasg Gàidhlig aig an ìre seo bhon sgioba Blasad Gàidhlig leis gum bi iad fhèin ann fhad 's a tha na seiseanan a' dol air adhart. Bha Fèisgoil an làthair air An t-Alltan san t-Sulatin.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015		Tha sinn a' cur an gnìomh Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail a chaidh aontachadh le Alba Chruthachail. Fhuair Bòrd-stiùiridh Fèisean nan Gàidheal aithisg air adhartas thairis air a' chiad bhliadhna aig coinneamh san t-Sultain.	
AC44	Plana Co-ionannachd is Iomadachd a dhealbh airson toiseach Bliadhna 2 den Mhaoineachadh Chunbhalach		Faicibh AC43.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den		Thòisich luchd-obrach is Buill a' Bhùird a' clàradh sgaoilidhean carbon bho 1	

	Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)		Giblean 2015. Thòisich oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal gan clàradh bho 1 Giblean 2016.
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math		Bidh sinn a' cumail romhainn tòrr thachartasan a chur air dòigh ann an sgìrean ionadail, a tha a' ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh a-nise. Tha sinn air dà chuairt-litir a dhèanamh ann an 2017-18 thuige seo, agus chaidh an sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach, mar a rinn sinn le ar n-Aithisg Bhliadhnail san t-Sultain. Bidh sinn a' cleachdadh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC48	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra		Chaidh goireasan Fuaran a sgaoileadh fad is farsaing agus tha sinn an-dràsta a' toirt sùil air mar a ghabhadh goireasan eile a sgaoileadh ann an cruth didseatach.
AC49	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine		Le FèisTV air bhonn, tha sinn air taigsean iarraidh airson leasanan air-loidhne a chruthachadh. Cha d' fhuair sinn na bha a dhìth a thaobh àireamhan se thagraichean agus bidh sinn a' cur thairgsean air dòigh a-rithist.
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach		Tha am pròiseact Fuaran a' leantainn leis na h-òrain bhon chiad tamail ri fhaighinn a-nise. Tha sinn an dùil gum bi seinneadairean eile an sàs san aon seòrsa obrach. Bha aig na còmhlain Cèilidh air Chuairt ri rannsachadh a dhèanamh agus òrain Ghàidhlig a chleachdadh bhon sgìre dham buin iad.
AC51	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		Faicibh AC32.
Fiosrachadh Àireamheil			

Obraichean a fhuair taic (air an cruthachadh/gleidheadh) ILT	39.1	Airgead air a tharraing a-steach (HIE)	£815,793	Meudachadh san toradh ionmhasail	£53,831	Luchd Saor-thoileach	426
Tabhartasan do dh'Fèisean	£151,616	Tabhartasan Eile	£13,162	Compàitichean/luchd-ionnsachaidh aig Tachartasan nam Fèisean	3,107	Seirbheisean a chaidh an leasachadh	1
Seirbheisean Ùra ann an Sgìrean Dùbhlanach	2	Luchd-trèanaidh	165	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean	4,313	Luchd-èisteachd Bhlas (Tuairmse)	7,800
Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	14,120	Fèisean ùra air an stèidheachadh	1	Barrachd chomasan aig buidhnean coimhearsnachd	1	Tachartasan Cultarach	459
Tachartasan Bhlas	75	Tachartasan nan Cèilidhean air Chuairt	179	Cothroman cluich/cleasachd eadar-nàiseanta do dh'òigridh	1	Iomlaidean eadar-nàiseanta	1
Cothroman Coimeirsealta	1	Obair co-cheangailte ri rian	1	Obair thionnsgalach	2	Daoine òga a fhuair taic gus pàirt a	45

		a chumail air atharraichean sa bhuidhinn				ghabhail ann am pròg raman trèanaidh	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean							
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil							
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain			Faicibh AC38 gu h-àrd.			
InG2	A' leudachadh phròg raman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan			Faicibh AC13 gu h-àrd.			
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan			Faicibh AC41 gu h-àrd.			
InG4	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean			Faicibh AC42 gu h-àrd.			
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig			Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean gu Gàidhlig gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.			
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse			Faicibh AC38 gu h-àrd.			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean							
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh			Faicibh AC17 gu h-àrd. Tha sinn mothachail gu bheil buidheann coimhearsnachd airson Fèis a stèidheachadh ann an Diùra.			
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach			Faicibh AC1 gu h-àrd.			
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean			Tha gach Oifigear Leasachaidh an urra ri mu 11 Fhèis dom bi iad a' toirt taic gu cunbhalach aig ìre phragtaigeach agus ro-innleachdail.			
InG10	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus pròg raman coimhearsnachd a chumail suas			Às dèidh do mar a ghlèidh Fèis Rois maoineachadh cunbhalach bho Alba Chruthachail, tha Fèisean nan Gàidheal a-nis air a chur romhpa taic ro-innleachdail a thoirt do dh'Fhèis Spè feuch an tèid aca air na planaichean aca airson leudachadh a thoirt gu buil. Tha seo a' leantainn ann an 2017-18.			
InG11	Pròg raman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean			Thèid an leithid a thrèanadh a thabhann nuair a bhios iarrtas ann air a shon. Gu deireadh R2 fhuair 62 trèanadh ann an cuspairean eadar-dhealaichte.			
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh							
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga			Faicibh AC36 gu h-àrd.			
InG13	A' tabhann cùrsaichean trèanaidh ùghdarraichte do dhaoine òga			Fhuair luchd-obrach trèanadh gus an urrainn dhaibh stiùireadh a thoirt do			

			dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh, agus tha sinn air adhartas a dhèanamh le trèanaidh ùghdarraichte ann an R2.	
InG14	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Faicibh AC37 gu h-àrd.	
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean		The luchd-obrach air trèanadh Gàidhlig a dheànamh cho math ri Co-ionnanachd is Iomadachd, dleastanasan a thaobh na h-àrainneachd, riaghailtean ùra airson fiosrachadh a dhìon, pàrantachd corporra agus obair le daoine fuadain. Tha luchd-eagrachaidh nam Fèisean air treànadh a ghabhail os làimh ann an ciad cobhair agus dìon-chloinne. Fhuair triùir le ùidh a bhith nam buill den Bhòrd-stiùiridh inntrigeadh mu dhleastanasan nam ball. Thèid tuilleadh trèanaidh a chur air dòigh do luchd-obrach agus do na Fèisean aig àm sam bith.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach				
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt		Faicibh AC28 gu h-àrd. Cha robh sinn an dùil an àireamh seo a leudachadh ann an 2017-18 an dèidh dhuinn sin a choileanadh ann an 2016-17.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas		Faicibh AC19 is AC29 gu h-àrd.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Faicibh AC30 gu h-àrd.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Faicibh AC31 gu h-àrd.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig				
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.18		Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean.	
BnG2	Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan 'cofaidh is còmhradh' gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann		Tha seisean seinn 'Tac an Teine' a' dol air adhart air a' chiad Disathairne de gach mìos ann an Taigh-òsta a' Ghlinne Mhòir air bruthaichean Abhainn Nis, ach a-mhàin tro mhìosan an t-samhraidh. Tha àireamhan math ga fhrithealadh gach mìos agus thèid seisean air adhart air 14 Damhair, 4 Samhain agus 2 Dùbhlachd. Tha Cofaidh is Còmhradh ga chumail gach cola-deug air Diciadain ann an Taigh-òsta na Luchairt ann an Inbhir Nis aig 1f. Chan eil ùidh air nochdadh son cofaidh is còmhradh ann am Port Righ ach tha sinn gu math deònach a dhèanamh nam biodh dearbhadh air iarrtas a-rithist.	

BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.18		Chaidh a' chiad seisean trèanaidh cànain a chumail Dimàirt 20 Ògmhios is an ath sheisean air 7 Dùbhlachd le latha eile air fàire goirid às dèidh seo.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18		Faicibh AC25 agus InG15 gu h-àrd.	
BnG5	A' toirt taic do co-dhiù 44 Fèis air feadh Alba, tro thabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.18.		Faicibh AC7 gu h-àrd. Tha seo a' leantainn mar bu chòir le 47 Fèisean a-nise le ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal.	
BnG6	Fèis Bheag neo seiseanan tràth-bhliadhnaichean aig co-dhiù 6 Fèisean ro 31.03.18.		Suas gu deireadh R2 bha 19 Fèisean air seiseanan tràth-bhliadhnaichean a chumail le dùil gum bi còrr is 20 fèis uile gu lèir air seo a dhèanamh rè 2017-18.	
BnG7	Panto Gàidhlig ann an co-dhiù 6 àiteachan ro 31.03.18.		Bidh am Panto Gàidhlig a' dol air an rathad eadar 27 Samhain agus 15 Dùbhlachd le sgeulachd air ùr-sgrìobhadh leis an Oifigear Dràma againn Aonghas MacLeòid.	
BnG8	80 bùth-obrach dràma Gàidhlig air an lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.18.		Suas gu deireadh R2 tha sinn air 123 bùithtean-obrach dràma a lìbhrigeadh ann an sgoiltean-àraich, bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean air feadh na dùthcha le measgachadh de bhùithtean-obrach eadar-obrachail is taisbeanaidhean.	
BnG9	Co-dhiù 3 clubaichean dràma air an stèidheachadh ann an àrd-sgoiltean agus ann an co-bhonn ri buidhnean eile, mar eisimpleir Eden Court, ro 31.03.18, ma tha airgead ann tro Lìonra Dràma na Gàidhlig.		Cha do shoirbhich leinn na clubaichean a stèidheachadh am-bliadhna leis nach robh ùidh gu leòr bho sgoilearan. Le aonta bho Bhòrd na Gàidhlig tha sinn a' co-obrachadh le Eden Court gus dà latha dràma a chur air dòigh aig Eden Court air 2 agus 3 Samhain 's bidh fiathachadh ga thoirt gu àrd-sgoilearan le Gàidhlig san sgìre.	
BnG10	Turas 6 seachdainean timcheall bhun-sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a teagasg, ro 31.03.18.		Am-bliadhna chaidh a' chuairt seo a bhriseadh ann an dà leth. Chaidh cuairt timcheall sgoiltean tìr-mòr na dùthcha air dòigh san Damhair leis na cleasaichean Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Stèidhichte air aramach nan Seumasach tha *Teàrlach fo Chasaid* a' toirt cothrom do sgoilearan p 4-7 ionnsachadh mu bheatha a' Prionnsa Teàrlach ann an dòigh inntinneach, eadar-obrachail. Thèid an dàrna cuairt air adhart sa bhliadhna ùire timcheall air sgoiltean nan Eilean Siar agus Taobh an Iar na Gàidhealtachd.	
BnG11	Turas 2 sheachdain le dealbh-chluich dhà-chànanach, gu sònraichte airson sgoiltean a tha a' faighinn FLI no seiseanan Fèisgoil, ro 31.03.18.		Chaidh Aonghas MacLeòid air an rathad le dealbh-chluich dà-chànanach stèidhichte air beatha Choinnich Odhair. Thadhal e air sgoiltean far a bheil Gàidhlig air a thoirt seachad mar an dàrna 's an treasamh cànain aig ìre-bun-sgoile. Uile gu lèir chaidh e gu 14 sgoiltean, le 34 taisbeanaidhean air beulaibh 873 sgoilearan.	
BnG12	40 tachartas aig Blas 2017 le prògram coimhearsnachd is sgoile na lùib, ann an co-bhonn ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.		Faicibh AC19 gu h-àrd. Chaidh Blas 2017 air adhart eadar 1 agus 9 Sultain le 35 prìomh thachartasan a bharrachd air program sgoile is coimhearsnachd. Am-bliadhna bha measgachadh de chonsartan is cèilidhean ann agus airson a' chiad uair chaidh tachartasan gan cumail sna h-Eileanan Siar. Chaidh ceithir chonsartan sònraichte a chumail airson comharrachadh an gun robh na Sàr-Ghàidheil Fergie Dòmhnallach, Ceana Chaimbeul, Mòrag NicLeòid agus Fionnlagh MacLeòid air aois 80 a ruighinn. Bha coimisean sònraichte *Dìleab Uilleim* ann a bha	

			toirt seachad eachdraidh beatha an t-Urr Uilleam MacMhathain le seinneadairean Gàidhlig a' gabhail cuid de na h-òrain a chruinnich e. Nochd seinneadairean Gàidhlig, nam measg; Màiri NicAonghais, Seumas Greumach, Raibeirt MacDhonnchaidh, Maighread Stiùbhairt, Murchadh Dòmhnallach, Mischa Nic a' Phearsain, Sian agus Còisirean Gàidhlig Inbhir Nis is Inbhir Pheofharain. A bharrachd air a sin bha cuid dha na còmhlain is luchd-ciùil as fheàrr a th' againn a' nochdach aig cuirmean air feadh na sgìre, leithid; Skerryvore, Breabach, Raibeirt Nairn, Lauren NicColla, Skipinnish is Mànran. Bha sinn toilichte fàilte a chuir air Sharon Shannon is Fidil à Èirinn agus air Calum MacCoinnich is Alexis Niclosaig à Canada. Mar phàirt de phròram nan sgoiltean is nan coimhearnsachd bha sinn air leth toilichte pròiseact Dràma air Chuairt fhoillseachadh. Stèidhichte air Cèilidhean air Chuairt, ach le cleasaichean an àite luchd-ciùil, fhuair ceathrar duine òga an cothrom trèanadh pròifeiseanta fhaighinn mus deach iad air an rathad le dealbh-chluich Gàidhlig a bha air sgrìobhadh aon aona-ghnothach le Catriona Leacsaidh Chaimbeul a bha cuideachd na stiùiriche air a' chuairt. Ghabh an sgioba pàirt ann an 3 taisbeanaidhean sgoile, 5 bùithtean-obrach agus 2 thaisbeanadh poblach. Bha sinn air leth toilichte an t-seirbheis ùr againn FèisTV a chur air bhog rè na Fèise le dà chuirm air an sruthadh beò air-loidhne gu luchd-eisteachd eadar-nàiseanta.	
BnG13	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le prìomhachas air a' Ghàidhlig, le fear/bean-an-taighe le Gàidhlig. Luchd-ciùil le Gàidhlig air am brosnachadh a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig aig an fhèis.		Tha e na phrìomhachas aig Fèisean nan Gàidheal gum bi a' Ghàidhlig aig cridhe Blas agus gu bheil i ri cluinntinn agus ri faicinn aig gach tachartas. Bha gach oidhche air a cumail fo stiùir Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig 's rinn an luchd-ciùil a bha nochdadh aig an fhèis, 's aig a bheil a' Ghàidhlig, deagh oidhirp a bhith ga chleachdadh air an àrd-urlair. A bharrachd air sin bha *Dìleab Uilleim* agus na cuirmean aig Mòrag NicLeòid, Ceana Chaimbeul agus Fionnlagh MacLeòid gan lìbhrigeadh cha mhòr gu tur sa Ghàidhlig.	
BnG14	Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2017, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.		Am-bliadhna aig Blas chaidh sreath de chuirmean a chur air dòigh air an robh *Dìleab Uilleim* air an cur ri chèile le Jo NicDhòmhnaill. Bha an coimisean seo a' dèanamh luaidh air Uilleam MacMhathain agus an obair mhòr a rinn e gus òrain, seanachas is eile a chruinneachadh. Thadhail na cuirmean ann an Uibhist a Tuath, An t-Eilean Sgitheanach, Muile agus Inbhir Nis. A-measg nan seinneadairean is luchd-ciùil a bha mar phàirt dhan choimisean bha Ross MacUilleim, Raonaid Walker, Ailean Dòmhnallach, Christine Primrose, Linda NicLeòid, Eilidh NicCarmaig, Alasdair MacIlleBhàin agus Raibeart MacDhonnchaidh. Bha Jo na bean-an-taighe air an oidhche a' toirt seachad fiosrachadh mu Uilleam agus na h-òrain a bha air an gabhail leis na seinneadairean. Bha an coimisean air fad air a lìbhrigeadh tro mheadhan na	

			Gàidhlig, le leabhran Beurla air an toirt seachad aig toiseach na h-oidhche do luchd-èisteachd le fiosrachadh mu Uilleam agus na h-òrain. A bharrachd air seo bha dà thaisbeanadh ann den choimisean ùr 'The Seer' le Lauren NicCholla a chuir Fèis Rois air dòigh. Tha an coimisean seo stèidhichte air fàisneachdan Choinnich Odhair.	
BnG15	Fiosrachadh agus sanasachd dà-chànanach mar phàirt bunaiteach den Fhèis, a' gabhail a-steach fear/bean-an-taighe aig gach tachartas.		Bha brathan-naidheachd is sanasachd air an dèanamh gu dà-chànanach agus bha fear/bean-an-taighe a' lìbhrigeadh gach consart san dà chànan.	
BnG16	Ag amas air 15 duine aois 14–18 a bhith a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma 2017.		Faicibh AC6 gu h-àrd.	
BnG17	Ag amas air 16 sgoilear àrd-sgoile a bhith a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearrannan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2018.		Thèid 5 Latha 2018 a chumail eadair 2 agus 7 Giblean.	
BnG18	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh air Gàidhlig mar chànan làitheil agus rianachd na buidhne.		Thathas a' cur am poileasaidh an gnìomh tro gach raon-obrach sa bheil sinne mar bhuidheann, agus na Fèisean, an sàs.	
BnG19	Fios ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.		Tha an aithisg seo ann cho math ri aithisg eile a bhios Manaidsear Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal ag ullachadh do Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG20	Fios ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhasail na buidhne gu h-iomlan.		Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo.	
BnG21	Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.		Bidh Bòrd na Gàidhlig a' faighinn a h-uile pàipear airson coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne. Chaidh aithisg mu Chlàr Chunnartan na buidhne a chur gu Bòrd-Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal sa Chèitean agus chuir am Manaidsear Leasachaidh lethbhreac air adhart do Bhòrd na Gàidhlig.	
BnG22	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe.		Bithear a' sealltainn suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig anns na stuthan clò-bhuailte uile agus bithear a' toirt aithne don taic bho Bhòrd na Gàidhlig anns gach brath-naidheachd, air an làrach-lìn againn agus an cois phuist-d.	
BnG23	Sanasan naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.		Bidh cothrom aig Bòrd na Gàidhlig nuair a tha taic ga thoirt don obair air a bheil an t-sanas naidheachd a' toirt iomradh, m.e. cur gu seòl Blas san Ògmhios.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd				
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.		Chan urrainnear aithris air adhartas leis nach do nochd Aonta Ìre Seirbheis fhathast ged a fhuair sinn maoin bho Chomhairle na Gàidhealtachd.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar				
CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle a chosg air Fèisean nan Eilean Siar tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.		Tha cuibhreann £9,900 pàighte le £35,493 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CnES2	£2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-		Tha oifigear làn-thìde againn stèidhichte ann an Steòrnabhagh ach a' frithealadh Fèisean air feadh nan Eilean Siar.	

	thìde stèidhichte sna h-Eileanan Siar			
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid				
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis aig deireadh R2.		Chan urrainnear aithris air adhartas leis nach do nochd Aonta Ìre Seirbheis fhathast. Cha d' fhuair sinn maoin bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid gu ruige seo.	

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas leis a' phròg ram obrach agus còmhradh a chumail mu chuspair sam bith a bhios a' togail ceann.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2017

Fèisean nan Gàidheal

Blas 2017

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.2(b)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu thoraidhean Blas 2017.

Fiosrachadh

Chaidh coinneamh de Bhòrd Blas Earranta a chumail air Diardaoin 23mh Samhain ann an Taigh a' Bhaile, Inbhir Nis.

Air thoiseach air a' choinneamh chaidh am paipear a leanas ullachadh le fiosrachadh mu fhèis na bliadhna-sa agus àireamhan dhaoine a bha an sàs.

Gnìomhan a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird air na leanas a dhèanamh:

(1) Fa-near a thoirt do thoraidhean na h-aithisg
(2) Còmhradh a chumail air toraidhean Blas 2017

Calum Ailig MacMhaoilein
Manaidsear Leasachaidh
Dùbhlachd 2017

Blas Festival Ltd

Outcomes from Blas 2017 and Budget 2017-18

Background
Since the funding position of the festival remained unclear until the beginning of February we were unable to proceed with the planning for Blas 2017 until towards the end of that month and into March.

The Blas festival has a planning group which met on four occasions during 2017 to discuss potential acts, venues and opportunities that could be part of this year's programme. The planning group is made up as follows:

Arthur Cormack	Fèisean nan Gàidheal CEO
Calum Alex Macmillan	Fèisean nan Gàidheal Development Manager
Eilidh Mackenzie	Fèisean nan Gàidheal Fèisgoil Manager
Rachel Harris	Fèisean nan Gàidheal Development Officer
George Stoddart	Blas Festival Board Chairman
David Gilbert	Promoter
Duncan MacInnes	Promoter

With funding confirmed from The Highland Council we were able to put the contract for an Events Co-ordinator out to tender and Chrissie MacRae was contracted to the role in late March. Chrissie was a real asset to the festival and worked diligently and had great enthusiasm for her role. She dealt with all artist bookings and contracting, liaison with promoters and venues, accommodation, marketing materials, budget management and a number of other tasks which ensured the smooth running of the festival.

For the second year in a row we received funding support from the ScotGrad scheme for a student summer placement. We were pleased to welcome Diane Bruce back in the role of Events Marketing Officer. Diane built on the success of her first summer placement and made particularly good use of social media networks as well as more traditional marketing methods.

On behalf of Fèisean nan Gàidheal, Arthur Cormack and Calum Alex Macmillan were actively involved in many aspects of the organisation and promotion of the festival working closely with Diane and Chrissie to ensure they had the necessary support to be successful in their respective roles. Fèisean nan Gàidheal's Executive Manager, Anne Willoughby, worked closely with Chrissie to ensure that the budget was managed well and that all payments were made to relevant parties at appropriate times.

The festival was launched in the first week of July which was slightly later in comparison with previous years. This didn't appear to have a negative effect on sales and the strength of our programme ensured there was great interest in this year's line-up.

The festival was held between 2-10 September with a total of 38 concerts and a schools and communities programme taking place across the Highlands, Argyll and, for the first time this year, in the Western Isles.

Festival Highlights

* Our 2017 commission was curated and delivered by broadcaster Jo MacDonald. *Dileab Uilleim* (William's Legacy) was a celebration of the late Rev William Matheson's life and the contribution he made to our language and culture through the songs he collected and recordings he made. The commission was delivered through the medium of Gaelic and featured anecdotes about William's life with a selection of the songs he collected sung by a selection of renowned Gaelic singers.
* We celebrated the 80th birthdays of four individuals who have contributed greatly to Gaelic language, music and culture; Morag Macleod, Fergie Macdonald, Kenna Campbell and Dr Finlay Macleod.
* We held two special cèilidhs to celebrate the 25th anniversaries of Fèis Lochabair and Fèis na h-Òige, both of which featured past and present participants and tutors.
* Skipinnish played to a sold-out Ironworks venue in Inverness as part of the Fèis na h-Òige anniversary celebrations.
* The latest commission from Fèis Rois, *The Seer* by Lauren MacColl, which featured newly-written music based

on the prophecies of The Brahan Seer, was performed in Balintore and Inverness.

* The Duncan Chisholm and the Mischa Macpherson Trio performances were sold out in each of the communities they performed in; Lochinver, Gairloch and Sleat.
* We welcomed Fidil and Sharon Shannon from Ireland as well Alexis MacIsaac and Calum MacKenzie from Canada.
* Fèisean nan Gàidheal's FèisTV service was launched during the festival with two live-streamed events and this expanded the overall reach of the festival with an online audience who did not previously have access.
* We continued our partnership with Comhairle nan Leabhraichean who supported writers to appear at a number of Blas events.
* There were 6 family cèilidhs featuring cèilidh bands, Gaelic singers, pipers and dancers.
* We worked in partnership with the University of the Highlands and Islands to put on a concert and two music sessions in Inverness with students from the Applied Music Course which is led by Lews Castle College Benbecula Campus.
* Leading traditional music outfit, Mànran, played to a sell-out audience in Sleat where they were supported by the new band Hecla, made up of three former Fèis participants, and Cèilear the Skye and Lochalsh Cèilidh Trail.

Schools and Communities Programme

Up until 2015 Highlife Highland had worked in partnership with the festival to deliver an extensive schools and communities programme. Due to funding cutbacks they haven't been able to work with us for the last two festivals which has severely impacted the level of delivery in this area.

Despite this the schools and communities programme remains an important element of the festival and Fèisean nan Gàidheal has worked to deliver a number of projects during Blas through YMI classes, drama tours and workshops in addition to schools and care home visits from Blas festival acts.

This year Fèisean nan Gàidheal's Drama Officer Angus Macleod toured schools with a bilingual play about The Brahan Seer for schools who are learning Gaelic as second (L2) and third (L3) languages in the highland area.

Based on the highly successful Cèilidh Trail model, Fèisean nan Gàidheal launched 'Dràma air Chuairt' with four young actors, instead of musicians, having the opportunity to take part in a range of training opportunities before taking to the road with a newly-written Gaelic play *Clach na Nathrach* (The Adder's Stone) which was written by Catriona Lexy Campbel of Theatre Gu Leòr. They toured the play during Blas and visited high schools across the Highlands and Argyll with a further two public performances in Inverness and at Sabhal Mòr Ostaig in Sleat

We were pleased that we were able to organise a number of school performances featuring a host of the fantastic Blas Festival artists who appeared at this year's festival and, in addition to this, a number of them were able to visit care homes to perform for residents. Feedback for these performances has been tremendous and both the schools and care homes are most grateful for the opportunity to have these special visits.

Attendance and Audience Satisfaction

Following the festival, we asked those who had attended events to complete an online questionnaire which was made available through the blas-festival.com website.

The feedback was very encouraging, appreciative and informative with responses from local, national, rest of UK and international attendees.

Attendance	**Number**
Staff	12
Volunteers	380
Contractors	14
Performers	421
Audience	11134
FèisTV (355 live viewers and 510 subsequent viewers)	865
Media	25
Total	**12,851**

The following chart shows a geographical breakdown of audience responses:



Audience Satisfaction	
Value for money	96%
Enjoyment of event	94%
Use of Gaelic	86%
Overall Festival Rating	**92%**

BLAS BUDGET 2017 at 13 November 2017

INCOME	BUDGET	ACTUAL to 13.11.17	DIFFERENCE at 13.11.17	EXPECTED OUTTURN at 31.03.18
Highland Council Grant	£69,869.00	£69,869.00	£0.00	£69,869.00
Highland Council In-kind	£2,000.00	£0.00	£2,000.00	£0.00
Box Office	£30,000.00	£26,646.11	£3,353.89	£33,256.00
Creative Scotland	£35,000.00	£35,000.00	£0.00	£35,000.00
Bòrd na Gàidhlig (Revenue)	£20,000.00	£20,000.00	£0.00	£20,000.00
Bòrd na Gàidhlig (Capital - FèisTV)	£2,100.00	£0.00	£2,100.00	£2,100.00
HIE (Revenue)	£5,000.00	£0.00	£5,000.00	£5,000.00
HIE (Capital - FèisTV)	£19,500.00	£14,041.00	£5,459.00	£19,500.00
Sponsorship - Marine Harvest	£2,500.00	£0.00	£2,500.00	£2,500.00
Argyll & Bute Council	£12,000.00	£0.00	£12,000.00	£12,000.00
Comhairle nan Eilean Siar	£2,000.00	£2,000.00	£0.00	£2,000.00
Total Income	**£199,969.00**	**£167,556.11**	**£32,412.89**	**£201,225.00**
EXPENDITURE				
Programme Costs				
Artists' Fees (including travel in most cases)	£73,500.00	£69,164.06	£4,335.94	£73,364.00
Accommodation for Artists and Crew	£11,000.00	£10,478.39	£521.61	£10,478.39
Meals for Artists and Crew and Blas Reps and FBT's	£4,500.00	£1,693.00	£2,807.00	£1,693.00
International Flights	£2,000.00	£1,767.49	£232.51	£1,767.49
International Artists Domestic Travel Fuel	£500.00	£250.76	£249.24	£250.76
International Artists Domestic Travel (in-kind minibus from HC)	£700.00	£0.00	£700.00	£0.00
Stage/Concert Management/Fear or Bean-an-Taighe/Blas Reps	£500.00	£550.00	-£50.00	£550.00
Venue Hire & Commission to Promoters/Production Cost	£9,000.00	£5,927.68	£3,072.32	£9,976.80
PA & Lighting	£15,500.00	£15,820.00	-£320.00	£15,820.00
PR, Advertising & Marketing				
Press/PR	£500.00	£1,800.00	-£1,300.00	£1,800.00
Posters/Overprinting/Postage	£2,000.00	£1,656.76	£343.24	£1,656.76
Leaflet Print x 40,000	£3,200.00	£2,930.00	£270.00	£2,930.00

Leaflet Distribution	£1,100.00	£903.00	£197.00	£1,413.00
Postage via Mailboxes in Inverness (leaflets etc)	£400.00	£400.00	£0.00	£400.00
Promotional materials (Banners, oversize posters etc)	£600.00	£799.50	-£199.50	£799.50
Advertising	£11,000.00	£12,950.20	-£1,950.20	£12,950.20
Commission to Ticketline	£300.00	£185.68	£114.32	£185.68
Ticket Printing	£600.00	£425.80	£174.20	£425.80
Management & Production Costs				
Festival Organiser	£15,000.00	£12,000.00	£3,000.00	£15,000.00
Travel	£1,000.00	£0.00	£1,000.00	£1,000.00
Fèisean nan Gàidheal Management Fee	£15,000.00	£15,000.00	£0.00	£15,000.00
Action Group/Board Costs	£300.00	£292.95	£7.05	£400.00
Photography	£0.00	£0.00	£0.00	£0.00
Gaelic Translations (in-kind from HC)	£1,300.00	£1,300.00	£0.00	£0.00
Insurance	£700.00	£810.02	-£110.02	£810.02
Royalties	£300.00	£0.00	£300.00	£300.00
Accountancy/Companies House	£1,150.00	£1,060.00	£90.00	£1,060.00
Depreciation	£6,000.00	£0.00	£6,000.00	£6,000.00
FèisTV Capital Purchases	£22,153.00	£21,976.02	£176.98	£21,976.02
Contigcency	£0.00	£0.00	£0.00	£2,000.00
TOTALS	**£199,803.00**	**£180,141.31**	**£19,661.69**	**£200,007.42**
Surplus/Deficit current	**£166.00**	**-£12,585.20**	**£12,751.20**	**£1,217.58**

Fèisean nan Gàidheal

Fèisgoil

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.02(c)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mu adhartais Fèisgoil bhon t-Sultain 2017

Bun Fhiosrachadh

Bidh fios aig buill a' Bhùird gu bheil an t-seirbheis Fèisgoil againn a' toirt a-steach an obair air fad a bhios Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh ann an sgoiltean, cho math ri obair sam bith anns a bheil sinn an sàs a' toirt taic do dh'ùghdarrasan ionadail agus bhuidhnean poblach amasan sna planaichean Gàidhlig aca a chur an gnìomh.

Seo na prìomh thachartasan a tha air a bhith a' dol anns na beagan mhìosan a dh'fhalbh.

Dràma: Bùithtean-obrach is tursan

1. **Sporan** (sgoiltean far a bheil iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar phairt den sgeama Cànan 1+2)

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	14	35	889

2. **Meanbh Chuileag**: *Tèarlach fo Chasaid* – leth-thuras

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
2	24	29	872

3. **Theàtar Òigridh Gàidhlig (TÒG)** : Latha bogaidh agus An Lab.

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
3	n/a	n/a	25

4. **Panto** – *Anna Bheag sa Chòta Dheirg*

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
3	50+	28	2,826

Tha postair airson dealbh-chluich na Nollaige agus clàr de na sgoiltean far bi e a' tadhal anns na duilleagan a leanas.

Aig an ìre-sa lìbhrig sinn 131 seiseanan dràma (80 uile gu lèir ar targaid airson 2017-18).

Ceòl

1. **Iomairt Chiùil na h-Òigridh**
   8 seachdainean ann an 173 bun-sgoiltean air a' Ghàidhealtachd

2. **Seinn**
   Taic le ullachadh airson mòdan agus taisbeanaidhean Nollaig ann an sgoiltean an Eilein Sgitheanaich le taic bho Chomhairle na Gàidhealtachd

3. **Acadamaidh a Mhòid** (Sgìre Loch Abar)

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
4	14	c90	c390

4. **Co-obrachadh le buidhnean eile**: Bidh mi a' frithealadh choinneamhan den Fhòram Ceòl Traidiseanta agus Buidheann Com-pàirteachas Foghlaim Ciùil (MEPG)

5. **Taisbeanadh ùr Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar**
Bidh taisbeanadh aig Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar ga leasachadh le taic bho Riaghaltas na h-Alba/Fèisean nan Gàidheal (ceòl) agus Comhairle na Gàidhealtachd (dràma). Thòisich Ingrid NicEanraig is Iain Mac Phàrlain ag obair leis a' chloinn, a' brosnachadh rannsachadh agus a' cruthachadh ciùil leotha.

Cànan

Blasad Gàidhlig – a' cleachdadh gach seòrsa ealain eadar sgeulachdan, òrain, geamannan agus mar sin air adhart

1. **An Eaglais Bhreac 2017-18**

Teirm 1

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
4	7	138	900+

Teirm 2

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
4	7	247	900+

2. **Fìobha**

Teirm 1 – 10 seachdainean uile gu lèir

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
2	3	26	c340

Teirm 2

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
2	3	104	c340

3. **Lannraig a Tuath**
Tha sinn gu bhith a' lìbhrigeadh 4 làithean bogaidh ann am Bun-sgoil Gartcosh ann an Lannraig a Tuath, a' toiseachadh an seachdain-sa is a' ruith gu àm na Càisge.

Oidean an sàs	Sgoiltean an sàs	Seiseanan gan ruith	Sgoilearan an sàs
1	1	3	c90

4. **A' Ghàidhealtachd -** Fhuair sinn fios o chionn ghoirid gun d' fhuair Fèisgoil cùmhnant bho Chomhairle na Gàidhealtachd airson Gàidhlig mar C3 tro 70+ sgoiltean. Barrachd fiosrachaidh san àm ri teachd.

Obair Fèisgoil le buidhnean poblach

1. **Leabharlann Nàiseanta na h-Alba/Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba**: Lìbhrig Linda NìcLeòid leth-latha air Eòlas air a' Ghàidhlig do luchd-obrach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba/Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba ann an t-Samhain is tha i gu bhith ga dhèanamh a-rithist san Fhaoilleach.

2. **Àrainneachd Eachdraidheil Alba**: Bidh sinn ag obair còmhla ri AEA air trì pròiseactan san àm ri teachd – Cleas aig a' Chaisteal, Muinntir a' Chaisteil agus Pròiseact còmhla ri Sgoil an Taobh Siar ann an Leòdhas. Lìbhrig Catherine Tinney seisean dhuinn còmhla ri luchd teagaisg GLPS air 30mh An t-Samhain.

3. **Trèanadh Cànain Mion-chànan**: Tha Fèisgoil ag obair còmhla ri Ishbel Nic Phàrlain air proiseact mu mion-chànain anns an Alba (Albais, Gàidhlig, BSL & Beurla) leis a' chiad seisean clàraichte son an Fhaoilleach 2018.

Gnìomh a dhìth
Thathar air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh mu obair Fèisgoil bhon t-Sultain 2017.

Eilidh NicCoinnich
Manaidsear Fèisgoil
Dùbhlachd 2017

Anna Bheag a' Chòta Dheirg

松涛館

Ellen MacDonald

Calum MacDonald

MJ Deans

'S fhada o chuala duine sgeul mu
mhadadh-allaidh acrach sa choille sheunta
'S chan eil adhbhar dragh air Anna Bheag
nuair a chuireas i roimhpe
tadhal air a sinn-seanmhair airson
a co-là breith...saoil a bheil i glic?

Tales of a hungry wolf in the
enchanted forest are a distant
memory and Little Anna has
no reason to worry when she decides
to visits her great granny for
her birthday...or does she?

27 Samhain - 15 Dùbhlachd

Taisbeanaidhean Sgoile

- Glaschu - Cille Brìde an Ear - Condobhrait -
- Dùn Èideann - Peairt - Dùn Omhainn - An t-Òban -
- Tiriodh - Ìle - Barraigh - Uibhist a Deas - Beinn na Faoghla -
- Uibhist a Tuath - Na Hearadh - Leòdhas - Ulapul -
- Bail' Ùr an t-Slèibh - Obar Dheathain - Inbhir Narann -
- Inbhir Pheofharain - Eilean a' Cheò - An Gearasdan - Inbhir Nis -

Taisbeanadh Poblach
Diardaoin 14 Dùbhlachd
Na Ironworks, Inbhir Nis aig 7f
(tiodhlacan air an doras)

27 November - 15 December

School Performances

- Glasgow - East Kilbride - Condorrat -
- Edinburgh - Perth - Dunoon - Oban - Tiree -
- Islay - Barra - South Uist - Benbecula - North Uist -
- Harris - Lewis - Ullapool - Newtonmore -
- Aberdeen - Nairn - Dingwall -
- Isle of Skye - Fort William - Inverness -

Public Performance
Thursday 14 December
The Ironworks, Inverness at 7pm
(donations on the door)

Tha Fèisean nan Gàidheal a' faotainn taic bho na buidhnean seo | Fèisean nan Gàidheal is supported by the following bodies

PANTO 2017 – TURAS/TOUR

SEACHDAIN/Week 1/3		
	MADAINN/Morning	**FEASGAR/afternoon**
27/11/17	ÀM TÒISEACHAIDH 0925 Start time 0925 **SGOIL GHÀIDHLIG GHLASCHU** **P2&3 at Glasgow Gaelic School** (P2+3) (161)	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1320 Start time 1320 **B.S. GHLEANN DAIL** (141) + B.S. INNIS AN UILLT (P1-3) (39) **Glendale Gaelic Primary** (with visitors from Meadowside PS)
28/11/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 0945 Start time 0945 **B.S. BHEINN CHAMSHROIN*** (62) +B.S. ONTHANK (27) **Mount Cameron PS** with Onthank visiting	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1345 Start time 1345 **B.S. CHONDOBHRAIT** (150) +GARTCOSH PRIMARY (28) **Condorrat Primary School** (with Gartcosh PS visiting)
29/11/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 0930 Start time 0930 **B.S. TAOBH NA PÀIRCE** 190 (P3-P6) **Taobh na Pairce PS, Edinburgh Gaelic**	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1330 **B.S. GOODLYBURN** (19) **Goodlyburn, Perth**
30/11/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 0915 Start time 09.15 **B.S. THAIGH A' CHLADAICH*** (36) **Sandbank, Dunoon**	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1400 Start time 1400 **B.S. ACHADH NA CREIGE, AN T-ÒBAN*** (49) +B.S. SRATH NA H-APAINNE (5) +B.S. AN T-SÀILEIN (P1-P5) (35) +B.S BHUN EASAIN (P1) (4) +ÀRD-SGOIL AN ÒBAIN (S1-3) (17) **Rockfield, Oban**
01/12/17	*A' SGÈITH GU TIRIODH BHO PORT ADHAIR NORTH CONNEL/flying from North Connel to Tiree* ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1000 Start time 10am **ÀRD-SGOIL THIRIODH*** P1-P7 (63) S1-3 (22) **Tiree High School** *A' SGÈITH GU ÌLE BHO PORT ADHAIR THIRIODH AIG 1200/flying to Islay from Tiree at noon*	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1330 Start time 1330 **BOWMORE VILLAGE HALL*** +B.S. A' BHOGHA MHÒIR (81) (P1-7) +B.S. KHEILLS (8) (P4-7) *+ÀRD-SGOIL ILE T.B.C* *+Port Charlotte TBC* *A' SGÈITH BHO PHORT-ADHAIR ÌLE GU PORT-ADHAIR NORTH CONNEL AIG 1530/ flying from Islay to North Connel at 3.30*

SEACHDAIN/week 2/3		
	MADAINN/morning	**FEASGAR/afternoon**
04/12/17	ÀM TÒSEACHAIDH AIG 0905 Start time 0905 **SGOIL BHÀGH A' CHAISTEIL*** (89) +Sgoil Eòilgearraidh (24) **Castlebay School** (with Eoligarry visiting)	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1345 Start time 1345 **SGOIL DHALABROIG** (73) **Daliburgh PS**
05/12/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1000 Start time 1000 **SGOIL AN IOCHDAIR** (50) +SGOIL BHAIL' A' MHANAICH (64) **Iochdar School** with Ballivanich visiting +Cuireadh do Sgoil Lionacleit	ÀM TÒISEACHAIDH 1345 Start time 1345 **UIBHIST A TUATH** (85) **North Uist School**
06/12/17	BERNERAY > LEVERBURGH AIG **0815 (0915)** & 1330 (1430) ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1050AM Start time 10.50am **SGOIL SIR E. SCOTT*** (88) + B.S. AN T-ÒIB (13) **Sir E Scott** with Leverburgh visiting	ÀM TÒISEACHAIDH 1400 TBC Start time 1400 tbc **SGOIL NAN LOCH (27)*** +Sgoil na Pàirce T.B.C. **Lochs School** with Park Primary visiting (tbc)
07/12/17	2 x TAISBEANADH AIG 9.30 & 11.00 2 performances – 0930 & 1100 **TALLA BHAILE STEÒRNABHAIGH** **Stornoway Town Hall** 09.30am: Sgoil a' Bhac (48), Sgoil Lacasdail (50) & Sgoil Steòrnabhaigh T.B.C. 11.00am: Sgoil Lionail (33), Sgoil Bhreascleit (34) agus Sgoil an Taobh Siar (T.B.C.) Sgoil Mhic Neacail (S1)(41)	

08/12/17	ÀM TÒISEACHAIDH 1015AM Start time 1015 **ÀRD-SGOIL ULAPUIL*** **(MACPHAIL CENTRE, Ullapool)** +Bun-sgoil Ulapuil (44) +Bun-sgoil Gheàrrloch (22) +Àrd-sgoil Ulapuil (30)	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1430 Start time 1430 **BS BHAIL' ÙR AN T-SLÈIBH** **Newtonmore PS – public performance** +Àrd-sgoil Ceann a' Ghiùthsaich TBC

SEACHDAIN/week 3/3		
	MADAINN/morning	**FEASGAR/afternoon**
11/12/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1045AM Start time 1045 **B.S. GHILCOMSTOUN** (46) +B.S. WHITEHILLS (7) **Gilcomstoun PS, Aberdeen** with Forfar visiting	
12/12/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 09:30 Start time 0930 **B.S. BRUACH NA MUILNE (37)** **Millbank PS, Nairn** + Cuireadh do Acadamaidh Inbhir Narainn	ÀM TÒISEACHAIDH 1330 Start time 1330 **TALLA A' BHAILE, INBHIR PHEOFHAIREAN** **Dingwall Town Hall** + Bun-sgoil Inbhir Pheofharain (69) + Bun-sgoil Chnoc na Creige (44) + Àrd-sgoil Inbhir Pheofharain (30?) TBC +Cuireadh do Àrd-sgoil Alanais
13/12/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1000AM Start time 1000 **THE VENUE, ÀRD-SGOIL PHORT RÌGH** + BS Chille Mhoire (22) +BS Stafainn (20) + BS Dhùn Bheagain (13) + BS Phort Rìgh (121) + Àrd-sgoilearan Port, S.1 (T.B.C.) **The Venue, Portree High School Theatre**	ÀM TÒISEACHAIDH 1:45 Start time 1345 **AN TALLA MÒR, SMO** + B.S. SHLÈITE (69) **Old Performance Space – The Big Hall, Sabhal Mòr Ostaig**
14/12/17	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1100AM Start time 1100 **B.S. GHÀIDHLIG LOCH ABAR (80)** **Lochaber Gaelic School, Caol, Fort William**	ÀM TÒISEACHAIDH AIG 7f Start time 7pm **IRONWORKS, INBHIR NIS** (Taisbeanadh Poblach / Public Performance) **Inverness**
15/12/17	**2 THAISBEANADH AIG** **B.S.G.I.** **2 performances 09.15 & 11.15** **BUN-SGOIL GHÀIDHLIG INBHIR NIS (232)** ÀM TÒISEACHAIDH AIG 0915 ÀM TÒISEACHAIDH AIG 1115 **Inverness Gaelic School, Slackbuie**	

Fèisean nan Gàidheal

Tasgadh: Stòras nan Ealain Dùthchasach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.02(e)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun sgeama Tasgadh a tha sinn a' ruith a-rithist ann an 2017-18 le taic bho Alba Chruthachail.

Bun Fhiosrachadh

Bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gu bheil Fèisean nan Gàidheal a' ruith sgeama tabhartasan beaga nan ealain dùthchasach do dh'Alba Chruthachail le £31.5k ri sgaoileadh ann an 2017-18.

An dàrna cuairt ann an 2017-18

B' e 27mh Dàmhair an ceann-latha airson iarrtasan san dàrna cuairt de 2017-18. Air a' cheann-latha sin bha 23 iarrtasan againn a' sireadh £20,784 mu choinneamh pròiseactan luach £54,553 gu h-iomlan.

Bna na raontean ealain a leanas air an riochdachadh:

Dannsa	1
Sgeulachdan	2
Ceòl	6
Barrachd air aon nòs-ealain	14

Choinnich a' phanail air 14mh Samhain gus co-dhùnaidhean a ruighinn air na h-iarrtasan agus shoirbhich leis na tagraichean a leanas:

APPLICANT NAME	PROJECT SUMMARY	ARTFORM	TOTAL BUDGET	AMOUNT APPLIED FOR	DECISION
Glasgow Folk-Music Workshop	Part-time internship teaching trad music	Music	£1,500	£1,000	£1,000
Jenni Wren	"6 feet, 3 shoes" performance and cèilidh	Multi	£2,695	£1,000	£900
Sophie Isaacson	Àros na Fèinn Weekend in the Wild	Multi	£1,010	£650	£350
Fèis Rois	Storytelling/singing workshops	Multi	£5,500	£885	£885
Tobar an Dualchais	3 radio programmes about the Uists	Multi	£1,500	£1,000	£675
F Thomsen & L McMonagle	"Community and Stardust" Tour of Scotland	Music	£4,850	£1,000	£1,000
Hielan' Toe	Develop new piece of dance	Dance	£1,391	£995	£995
Interrobang	Field Work - night of song & storytelling	Multi	£1,264	£964	£700
An Airigh	Develop & create trad arts resources	Multi	£2,100	£1,000	£1,000
Alasdair Whyte	Two song residencies	Music	£1,018	£768	£768
Aberdeen Strathsypey & Reel	Oral History Project	Music	£1,200	£650	£650
Fèis Fhoirt	Music, dance, drama & language sessions	Multi	£5,040	£1,000	£1,000
Artsplay Highland	The "Burns Day Ceilidhs" Project	Multi	£1,017	£915	£750
Aros Community Theatre	Performance opportunities for young people	Multi	£1,400	£1,000	£750
Ciaradh na h-Oidhche	Evening Twilight project	Multi	£5,850	£1,000	£1,000
Meur Loch Ìu	Monthly Gaelic song workshops	Music	£1,542	£862	£862
			£38,877	**£14,689**	**£13,285**

Cothrom eile ann an 2017-18

Bidh ceann-latha eile ann an 2017-18 airson iarrtasan a chur a-steach agus 's e sin 2na Gearran 2018 far am bi £9,060 air fhàgail againn ri sgaoileadh.

Gnìomh a dhìth

Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don adhartas le Tasgadh.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2017

Fèisean nan Gàidheal

Lèirmheas Bliadhnail Alba Chruthachail

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2017.02(f)

Adhbhar a' Phàipeir

Fiosrachadh a thoirt do bhuill a' Bhùird mun lèirmheas bliadhnail a bhios Alba Chruthachail a' cur air dòigh air obair na buidhne.

Bun Fhiosrachadh

Tha modh-obrach suidhichte airson aithisg bhliadhnail a chur mu choinneamh Alba Chruthachail, le adhartas a-rèir toraidhean nar cùmhnant, agus coinneamh fhoirmeil a chumail le ar Prìomh Oifigear.

Toraidhean 2017 agus Coinneamh

Chithear anns na duilleagan a leanas an aithisg adhartais a chuir sinn gu Brian Ó hEadhra.

A-rèir an fhiosrachaidh a thàinig bho Alba Chruthachail cha bhi coinneamhan a' dol air adhart gu toiseach 2018 aon uair 's gu bheil co-dhùnaidhean ann mu na h-iarrtasan a tha air am beulaibh an-dràsta airson maoin chunbhalach. Tha seo airson suidheachadh a sheachnadh far a bheil iad a' beachdachadh air iarrtas aig an aon àm 's a bhios iad a' coimhead air lìbhrigeadh chùmhnantan a th' aca mar thà.

Tha Alba Chruthachail cuideachd airson a dhaingneachadh nach biodh an fhiosrachadh a chaidh a chur thuca mar phàirt den lèirmheas bliadhnail a' toirt buaidh air na co-dhùnaidhean a bhios iad a' ruighinn mu iarrtas sam bith airson maoin chunbhalach 2018-21.

Gnìomh a dhìth

Thathas ag iarraidh air buill a' Bhùird fa-near a thoirt don fhiosrachadh seo a thàinig bho Alba Chruthachail agus don aithisg a chaidh thuca.

Art MacCarmaig
Ceannard
Dùbhlachd 2017

RFO Progress Report Template

1. Progress this year (2017/18)

28.11.17 Coinneamh le Pelican Design mu FèisTV, App agus leabhraichean ciùil a chur ann an cuth didseatach

Riaghailtean ùra air fiosrachadh a dhìon

Bidh cuimhne agaibh gun robh mi airson aire nam ball a tharraing, aig a' choinneimh mu dheireadh, do riaghailtean ùra fon ainm General Data Protection Regulation a bhios a' tighinn gu bith bhon 25mh Cèitean 2018.

Bhon uair sin tha mi fhìn agus Anne air a bhith a' dèanamh barrachd rannsachaidh air na h-atharraichean a bhios a dhìth air na modhan-obrach againn. Bidh trèanadh ri fhaotainn an-asgaidh ann an Inbhir Nis tro Scott Moncrieff, agus bidh Anne agus Moreen ga dhèanamh. Rinn mi fhìn, Calum agus Eilidh seisean roimhe tro Bhòrd na Gàidhlig.

Aon uair 's gu bheil e soilleir dè a th' againn ri dhèanamh, thig sinn air adhart le molaidhean agus poileasaidh ùr aig an ath choinnemh den Bhòrd anns a' Ghearran/Màrt 2018 airson aontachaidh air thoiseach air na riaghailtean ùra a' tighinn gu bith.

AINM	**CALUM AILIG MACMHAOILEIN**			
DREUCHD	**MANAIDSEAR LEASACHAIDH**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Ann an 2017/18 bidh sinn a' cumail taic ri Fèisean tron sgeama leasachaidh a-rithist. Aig an ìre-sa tha sinn air taic a ghealltain dha na Fèisean a leanas: • Fèis Spè – suas ri £29,333 mu choinneamh dreuchd Oifigear leasachaidh (1.0 FTE)	

	• Fèis Spè - £500 airson bùithtean-obrach danna-ceum airson com-pàirtichean na Cèilidhean air Chuairt mar a' chiad cheum gus barrachd dannsa fhaighinn mar phàirt dhan program aig an fhèis • Fèis Ghallaibh - £200 airson bùithtean-obrach dannsaidh • Fèis Inbhir Narainn – £474 airson teanta-ciùil a chuir air dòigh aig Fèis Belladrum a' tabhann bùithtean-obrach agus fiosrachadh mu thachartasan fèise, cèilidhean air chuairt agus Blas • Fèis nan Garbh Chriochan - £500 airson bùithtean-obrach ciùil leis an Còmhlan Dosca aig deireadh an t-Sultain • Fèis Latharna - £844 airson pròiseict clàraidh
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois
	Tha Fèis Spè a' fhaighinn taic tron sgeama Leasachaidh gus neach-obrach làn-ùine a chumail an dreuchd gus program na fèisean neartachadh sa leasachadh. Tha grunn Fèisean ag amas air na programan aca a leasachadh le barrachd chlasaichean agus cur-seachadan do chom-pàirtichean. Tha mi ag obair le na h-oifigearan gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic iomchaidh air a thoirt gu na Fèisean 's gu h-àiridh far a bheil feum air barrachd airgid a thogail gus na programan aca a lìbhrigeadh. Tha grunn mhath dha na Fèisean air airgead fhaighinn bho Mhaoin Ionadail a' Choop, 's tha seo air taic mhòr a chumail riutha leis na programan aca lìbhrigeadh.
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig
	Tron na sgeama leasachaidh tha sinn a' brosnachadh na Fèisean a bhith a' cur air adhart cothroman ùra do chom-pàirtichean nam Fèisean. Tha planaichean leasachaidh ùra aig gach Fèis 's tha mi ag obair gu dlùth leis an sgioba-leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn frithealadh feumalachdan nam Fèisean gus rudan ùra a chuir air adhart. Bha mi an sàs le pròiseact ùr Dràma air Chuairt a bha air a ruith airson a' chiad thurais am bliadhna le taic sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig. Stèidhichte air modal na Cèilidhean air Chuairt, bha Dràma air Chuairt ag amas air cothrom a thoirt do chleasaichean òga na Gàidhlig, an àite luchd-ciùil, trèanadh is leasachadh a dhèanamh ann an sgilean cleasachd mus deidheadh iad air cuairt le dealbh-cluiche air ùr sgrìobhadh an aona-ghnothach airson a' phròiseict. 'S e 'Clach na Nathrach' ainm an dealbh-cluiche a chaidh a sgrìobhadh le Catriona Leacsaidh Chaimbeul (Theatre Gu Leòr) a bha cuideachd na stiùiriche air an dealbh-cluiche. Chaidh a' bhuidheann air cuairt rè seachdain Blas le taisbeanaidhean agus bùithtean-obrach ann àrd-sgoiltean le dà thaisbeanadh poblach ann an Slèite agus Inbhir Nis. Uile gu lèir rinn iad 5 taisbeanaidhean agus 5 bùithtean-obrach le fiosrachadh fìor mhath air ais bho nan fheadhainn a bha an làthair aig taisbeanaidhean le còrr is 200 de luchd-amhairc.
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra
	Tha sinn ag amas air Fèis nan Òran a chumail sa Ghearran 2018 ann an Ionad Fairburn, faisg air Am Blàr Dubh. Bidh sinn ag amas air òrain bhon dualchais a thoirt seachad do chom-pàirtichean a bharrachd air bùithtean-obrach air sgrìobhadh òrain agus a' cur fonn ri bàrdachd. Bidh mi a' cumail taic ri Nicola gus seo a chuir air dòigh.
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra
	'S e 'Dileib Uilleim' an coimisean a bh' againn am bliadhna mar phàirt de Blas 2017. Air a chuir ri chèile le Jo NicDhòmhnaill, bha an coimisean a' toirt cuid dha na h-òrain à cruinneachadh an Urr. Uilleim MhicMhathain nach maireann 's air a sheinn le measgachadh de sheinneadairean Gàidhlig, le aithris bho Jo air cùl-fiosrachadh mu bheatha Uilleim agus na h-òrain. Chaidh an coimisean seo a chlàradh le Rèidio nan Gàidheal el dùil gun tèid a sgaoileadh timcheall air àm na Nollaig 2017.
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail	
AC11	Bùithtean-obrach is pròraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)
	Bha Meanbh Chuileag air an rathad san t-Sultain/Damhair leis an dealbh cluiche 'Tearlach fo Chasaid' mu eachraidh nan Seumasach agus Prionnsa Tearlach. Bidh an darna earran den chuairt a' dol air an rathad sa Bhliadhn' Ùr a' tadhal air sgoiltean san Eilean Sgitheanach agus na h-Eileannan Siar.

	Bha Aonghas MacLeòid, Oifigear Dràma na buidhne, air an rathad aig àm Blas 2017 le dealbh-cluiche dà chànanach mu Choinnich Odhair, airson sgoiltean air a' Ghàidhealtachd a tha teagasg Gàidhlig do sgoilearan mar phàirt de dh' Iomairt Cànain 1+2. Chunnaic cha mhòr 900 sgoilear an dealbh-cluiche taobh a-staigh cola-deug de thaisbeanaidhean.
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G
	Tha sinn a' coimhead air modal Sgioba-G a leaschadh air a' bhliadhna a tha romhainn gus dèanamh cinnteach gu bheil comataidhean Fèise a' faighinn an taic às fheàrr 's gu bheil e èifeachdach agus tarraingeach do chom-pàirtichean.
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean
	Chaidh cuairt 'Hùb-Hàb agus na Cumaidhean Ceòlmhor' air chuairt nas tràithe air a' bhliadhna agus tha ùidh air nochdadh bho sgìrean eile taisbeanaidhean Hùb-Hàb fhaighinn airson nan tràth-bhliadhnaichean.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh
	Tha Fèis ùr air a steidheachadh a-nis ann an Cille Bhrighde an Ear agus tha ùidh aig pàrantan ann am Peairt Fèis fhaighinn as a' Bhaile 's tha mi an dùil coinneachadh riutha sa bhliadhn' ùire.
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Bha mi an sàs gu mòr ann an gnothaichean Blas 2017 air a' bhliadhna seo bho bhith a' cumail taic dha Criosaidh, dealbhadh program na Fèise, cruthachadh an làrach-lìn a-measg gnìomhan eile. Leis gun do bhris mi m' adhbrann gu dona san Iuchar cha d' fhuair mi gu mòran thachartasan mar a bha mi 'n dùil a bhith. Rinn mi na bha comasach dhomh bhon taigh le bhith cumail taic ri Chriosaidh agus Diane Bruce a bha ag obair còmhla ruinn air greis gnìomhachais Samhraidh. B' e Fèis air leth a bh' ann agus bha mi faireachdainn gu robh am program glè làidir am bliadhna, le rudan tarraingeach ann do gach aois. Bha 38 consart ann le program sgoile is coimhearsnachd cuideachd m bliadhna le luchd-èisteachd de 11,134. Air thoiseach air coinneamh den bhòrd Blas, a chaidh a chumail air 23 Samhain, dh' ullaich mi aithisg le fiosrachadh mu fhèis na bliadhnasa.
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig
	Ghabh 18 ard-sgoilear pàirt ann an 5 Latha 2017. Fhuair com-pàirtichean an cothrom tòrr chur Seachadan fheuchainn anns an coimhearsnachd, nam measg; cròitearachd, An Clò Hearach, buain mòine, còcaireachd is bèiceireachd, fuaigheal, siubhal air bata timcheall na sgìre a bharrachd air bùiththean-obrach ciùil is òrain. Ged nach robh an aimsir cho fàbharach aig an toiseach b' e seachdain tlachdmhor dha riribh a bh' ann a thànaig gu crìch le cèilidh teaghlaich ann an Talla Choimhearsnachd Charlabhaigh le còrr is 70 san èisteachd. Thèid 5 Latha 2018 a chumail eadar 2-7 Giblean. Bidh sinn cuideachd ag amas air tachartas a chumail do dh' oileanaich stèidhichte air 5 Latha an ath-bhliadhna. Cha do shoirbhich leinn am seo a chuir air dòigh air a' bhliadhna seo ach le taic bho Karen Oakley bidh sinn a' cur air dòigh rannsachadh a-measg oileanaich air na mìosan a tha romhainn gus dearbhadh fhaighinn air an àm as freagarraiche airson a leithid agus na seòrsa rudan a bhiodh tarraingeach dhaibh.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan

	Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean
	Tha mi a' cumail stiùir air an sgioba leasachaidh gu làitheil agus a' toirt cuideachadh dhaibh mar a bhios iomchaidh. Tha planaichean leasachaidh aig gach fèis a-nis agus bidh mi ag obair gu dlùth ris an Sgioba gus dèanamh cinnteach gu bheil taic gu leòr aca is na Fèisean agus cuideachd a bhith coimhead ri cothroman maoineachaidh gus coileanadh na h-amasan a th' aig na Fèisean sna programannan obrach aca. Tha na Fèisean a-nis air an ath-roinn eadar na h-oifigearan agus tha coinneamhan cunbhalach air a bhith dol eadar an sgioba leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil seo ag obair mar bu chòir 's gu bheil na Fèisean a' fhaighinn taic iomchaidh.
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin
	Chaidh an latha trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach a chumail san t-Ògmhios 's bidh làithean a Bharrachd againn air 7 agus 18 Dùbhlachd Nas tràithe air a' bhliadhna rinn mi fhìn deuchainn MiDAS gus cead fhaighinn Minibus a dhraibheadh aig 5 Latha. Mar phàirt dha na planaichean leasachaidh a chaidh ullachadh le gach Fèis, chaidh feumalachdan trèanaidh buill chomataidh chomataidh a chlàradh 's bhon uairsin tha trènaadh Diòn-chloinne, ciad-cobhair agus Gàidhlig air a bhith air an toirt seachad.
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh
	Tha sinn mothachail air na cothroman agus an togail a tha com-pàirtichean na Fèisean a fhaighinn tro bhith an sàs le diofar phròiseactan, tachartasan, co-obrachadh is eile 's tha sinn a' dèanamh oidhirp coimhead ri tuilleadh cothroman dhaibh aig Fèisean Ciùil, tachartasan sònraichte agus tro iomlaidean. Bha Karen Oakley a' gabhail stiùir air pròiseact iomlaid Guth na nGael am bliadhna agus bha seachdain sònraichte aca le 6 òigear as nam Fèisean agus 6 òigear bhon Ionad Oriel, Dundalk sa Lùnastal aig Fèis Lochabair san Lùnastal. Tha sinn an dòchas obrachadh leis an Ionad Oriel a-rithist 's gum faigh sinn air turas a dh' Èirinn a chuir air dòigh dha muinntir na h-Alba 's tha còmhraidhean a leantainn mun an seo an-dràsta.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Tha mi toirt taic le eadar-theangachaidhean aig diofar amannan agus a' toirt stiùir do dh' oifigearan ma tha ceistean sam bith ag èirigh
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Am bliadhna chum sinn taic ri 7 cuairtean fa-leth. Bha duilgheadas àireamhan de dhaoine òga a tharraing còmhla as na h-Eileanan Siar am bliadhna 's mar sin chaidh co-obrachadh air adhart eadar a' chuairt seo agus an Ceilear (An t-Eilean Sgitheanach / Fèis an Earraich) Bha na Cuairtean an sàs ann am barrachd na 200 tachartasan am bliadhna, le còrr is 15,000 duine dhan èisteachd. Shoirbhich leinn gus oileanach fhaighinn a-rithist am bliadhna mar phàirt de sgeama Scotgrad. Bha sinn air leth toilichte fàilte a chuir air Diane Brus a-rithist am bliadhna a dh' obraich gu cruaidh tachartasan nan Cèilidhean air Chuairt agus Blas a chuir air adhart. Chum mi taic is stiùir ri Diane agus dheilig mi ri Scotgrad a bha maoineachadh pàirt dhan greis-gnìomhachais.
	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Faic AC19
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte
	Tha sinn ag amas air program sònraichte a chuir air dòigh mar phàirt de bhliadhna nan òigridh a bhios air a chumail ann an 2018. Chum mi taic ri Nicola a bha dèanamh agallamh leis an Òigridh gus am

	beachdan fhaighinn air na dh' fhaodadh Fèisean nan Gàidheal a dhèanamh air a' bhliadhna a tha romhainn 's tha mi cumail taic ris a' cheannard a tha ag obair air an iarrtas a bhios sinn a' cur a-staigh do Events Scotland.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Nochd seinneadairean bhon phròiseict Fuaran aig Celtic Colours ann an Ceap Breatainn san Damhair 's fhuair iad cothrom a thighinn còmhla a-rithist aig Celtic Connection air Disathairne 28 Faoilleach aig consart a bha air leth 's far an robh còrr is 300 san èisteachd. Fhuair ceathrar de sheinneadairean Fuaran a sheinn còmhla a-rithist aig Tradfest, ann an Dùn Èideann, aig deireadh a Ghiblein.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.		
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs	
	Tha sinn gu bhith coimhead ri trènadh do luchd-teagaisg nam Fèisean anns a' bhliadhn' ùire. Tha sinn a' coimhead air na dòighean gus an trèanadh seo a lìbhrigeadh nam measg bhideothean air loidhne agus cuideachd bùithtean-obrach beò tro cho-labhairtean bhideo.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Tha Eilidh air an t-uamhas obair a dhèanamh gus Fèisgoil a shanas agus bidh mi a' toirt taic dhi mar a bhios iomchaidh.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi dèanamh seo gach mios le na cosgaisean a tha mi a' clàradh	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha mi dèanamh seo airson na pròiseactan anns a bheil mi fhìn an sàs 's tha mi ag amas air barrachd feum a dhèanamh dhan an làrach ùr againn bho seo a-mach. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth ris a' cheannard gus FèisTV a chuir air a chasan. Chaidh na ciad consartan a chraoladh air FèisTV rè Fèis Blas 's tha sinn toilichte leis na h-àireamhan a th' air a bhith dhan coimhead.	
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Tha pròiseact Fuaran a-nis air fhoillseachadh ann an cruth CD le leabhran agus cuideachd gu didseatach air loidhne. 'S e goireas sònraichte a tha seo 's chaidh e sgaoileadh an asgaidh fad is farsaing. Tha mi air làn-iarrtas a chuir a-steach do Bhòrd na Gàidhlig mu choinneamh an ath-ìre de Fuaran le dùil freagairt fhaighinn ron Nollaig an robh e soirbheachail. Bidh seo ag amas air co-dhiù 6 neach-òga fhaighinn an sàs le bhith rannsachadh òrain is dualchas na sgìrean aca. Bidh sinn cuideachd a' coimhead ri cothroman a bharrachd tro Maoin Chrannchur an Dualchais ron Nollaig.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		

A’ Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A’ sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Faic AC38	
InG2	A’ leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a’ gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC11,12,13 agus 20	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse	
	Faic AC40	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG8	A’ cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a’ toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach	
	Faic AC1	
A’ Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh’òigridh		
A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28	
InG17	A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faic AC20	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a’ dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20	
InG21	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC26	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Seisean seinn gach mìos ann an Inbhir Nis agus seiseanan ‘cofaidh is còmhradh’ gu cunbhalach ann an oifisean Phort Rìgh/Inbhir Nis nam biodh dearbhadh air iarrtas ann.	
	Tha seisean seinn ‘Tac an Teine’ a’ dol air adhart air a’ chiad Disathairne de gach mìos ann an Taigh-Òsta a’ Ghlinne Mhòir air bruthaichean Abhainn Nis, ach a-mhàin tro mhìosan an t-samhraidh. Tha Àireamhan math ga fhrithealadh gach mìos agus thèid an ath sheisean a chumail san t-Sultain. Bidh cofaidh is còmhradh ann an Inbhir Nis a’ tòiseachadh a-rithist sa bhliadhn’ ùr.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Chaidh a’ chiad seisean trèanaidh cànain a chumail air Dimàirt 20 Ògmhios. Bidh làithean a bharrachd againn air 7 is 18 Dùbhlachd.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Faic AC25	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean ‘Fèis Bheag’ no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.18	
	Suas gu deireadh an Damhair bha 21 Fèisean air seiseanan tràth-bhliadhnaichean a chumail.	
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a’ tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.18	
	Tha am panto Anna Bheag a’ Chota Dheirg air an rathad eadar 27 Samhain agus 15 Dùbhlachd	
BnG10	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Faic AC11	
BnG12	40 consairt Bhlas aig Blas 2017, agus pròg ram sgoiltean is coimhearsnachd mar phàirt den fhèis, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirt ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na	

	prìomh chànan air an àrd-ùrlar.	
	Faic AC19	
BnG13	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig. Luchd-ciùil/luchd-ealain air am brosnachadh gu bhith cleachdadh an cuid Gàidhlig aig an fhèis.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG14	Pìosan ciùil ùra air an cluich le luchd-ciùil mar phàirt de Bhlas 2017, le co-dhiù 4 taisbeanaidhean rè na Fèise.	
	Am-bliadhna aig Blas chaidh sreath de chuirmean a chur air dòigh air an robh *Dìleab Uilleim* air an cur ri chèile le Jo NicDhòmhnaill. Bha an coimisean seo a' dèanamh luaidh air Uilleam MacMhathain agus an obair mhòr a rinn e gus òrain, seanachas is eile a chruinneachadh. Thadhail na cuirmean ann an Uibhist a Tuath, An t-Eilean Sgitheanach, Muile agus Inbhir Nis. A-measg nan seinneadairean is luchd-ciùil a bha mar phàirt dhan choimisean bha Ross MacUilleim, Raonaid Walker, Ailean Dòmhnallach, Christine Primrose, Linda NicLeòid, Eilidh NicCarmaig, Alasdair MacIlleBhàin agus Raibeart MacDhonnchaidh. Bha Jo na bean-an-taighe air an oidhche a' toirt seachad fiosrachadh mu Uilleam agus na h-òrain a bha air an gabhail leis na seinneadairean. Bha an coimisean air fad air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, le leabhran Beurla air an toirt seachad aig toiseach na h-oidhche do luchd-èisteachd le fiosrachadh mu Uilleam agus na h-òrain. A bharrachd air seo bha dà thaisbeanadh ann den choimisean ùr 'The Seer' le Lauren NicCholla a chuir Fèis Rois air dòigh. Tha an coimisean seo stèidhichte air fàisneachdan Choinnich Odhair.	
BnG15	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a' gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG17	Ag amas air 16 sgoilear àrd-sgoile a bhith a' gabhail pàirt san tachartas còmhnaidh aig na Gearrannan, Eilean Leòdhais aig àm na Càisge 2018.	
	Thèid 5 Latha 2018 a chumail eadar 2-7 Giblean	
BnG19	Fios as ùr gach ràithe air ciamar a chaidh airgead a' Bhùird a chleachdadh anns an ràithe mu dheireadh.	
	Tha seo a' dol air adhart dhan Bhòrd gach ràithe	
BnG20	Fios as ùr gach ràithe air suidheachadh ionmhais na buidhne gu h-iomlan.	
	Chaidh seo air adhart dhan Bhòrd san Lùnastal	
BnG21	Clàr-chunnartan air a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus lethbhric de phàipearan airson coinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal co-cheangailte ris a' chuspair seo, le fios às ùr air gnìomhan lasachaidh, an dèidh choinneamhan Bòrd Fèisean nan Gàidheal.	
	Bidh Bòrd na Gàidhlig a' faighinn a h-uile pàipear airson coinneamhan bòrd-stiùiridh na buidhne. Chaidh aithisg mu Chlàr Chunnartan na buidhne a chur gu Bòrd-Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal sa Chèitean agus chaidh leth-bhreac air adhart do Bhòrd na Gàidhlig	
BnG22	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseict, le fianais às ùr gach ràithe	
	Bithear a' sealltainn suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig anns na stuthan clò-bhuailte uile agus bithear a' toirt aithne don taic bho Bhòrd na Gàidhlig anns gach brath-naidheachd, air an làrach-lìn againn agus an cois phuist-d.	
BnG23	Gheibh Bòrd na Gàidhlig sanas tarsainn làn-dhuilleig san leabhran air-loidhne aig Blas mar Sanasan-naidheachd air an cur gu sgioba conaltraidh a' Bhùird ro-làimh agus cothrom a thoirt don Bhòrd fios a chur riutha.	
	Bidh cothrom aig Bòrd na Gàidhlig nuair a tha taic ga thoirt don obair air a bheil an t-sanas naidheachd a' toirt iomradh, m.e. Brath naidheachd Blas, Dràma air Chuairt msaa	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		

CnES1	£9,900 den mhaoineachadh bhon Chomhairle a chosg air Fèisean nan Eilean Siar tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
	Tha cuibhreann £9,900 pàighte le £35,493 gu h-iomlan air a ghealltainn do na Fèisean.	
CnES2	£2,900 de mhaoineachadh na Comhairle a chosg mu choinneamh cosgaisean Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn thìde stèidhichte sna h-Eileanan Siar	
	Tha mi a' cumail taic ris an t-oifigear a tha stèidhichte làn-ùine ann an Steòrnabhagh ach ag obair le na Fèisean air fad as na h-Eileanan Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**ANNA WILLOUGHBY**			
DREUCHD	**MANAIDSEAR GNÌOMHA**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Tha £33,000 anns a'Mhaoin Leasachadh nam Fèisean airson pròiseactan airson bliadhna 2017/18. Fhuair Fèis Spè £29,333 airson tuarastal oifigear leasachaidh làn-thìde agus tha e air a'phàigheadh a-mach dhaibh. Fhuair iad £500 fhèin agus fhuair Fèis Ghallaibh £200 airson pròiseactan dannsa. Fhuair Fèis Latharna £876, Fèis Inbhir Narainn £474 agus Fèis nan Gàrbh Chrìochan £400, tro Sgeama Leasachaidh nam Fèisean.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Chaidh £29,333 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròg ram obrach aonaichte gu buil.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Chaidh £243,083.00 a thabhann do 44 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus tha fiosrachadh aig na Fèisean air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh agus feuch gun urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin. Tha £144,496.10 air a dol a-mach gu Fèisean an dràsta.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm. Tha 81 neach air a dol tron sgeama am bliadhna.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le	

	feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan	
	Gheibh Fèisean maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Tha Fèis na h-Oige a faighinn taic cunbhalach agus fhuair Fèis Chataibh taic airson an Fhèis aca agus buthan-obrach.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha chuirmean aig Fèisean le luchd-teagaisg agus airson com-pàirtichean mar as trice.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bha a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2017-18 ann air 14 Iuchar 2017 agus chaidh £9,155 a thairgse airson 12 pròiseactan. Aig an ath ceann latha, 27 Dàmhair 2017 chaidh £13,285 a thairgse airson 16 proiseactan agus tha am fear mo dheireadh air 02 Gearran 2018.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Chaidh £13,035 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.5 dreuchdan Ionann ri Làn-thìde (ILT), mar pairt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòrchuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Tha foirm-sgrùdaidh airson Co-ionannachd air surveymonkey airson Fèisean, Luchd-obrach agus Buill a'Bhuird airson gu bi fiosrachadh staitistigeil cudromach again a-mach bhon seo. Tha luchd-obrach a'dèanamh cùrsa air loidhne cuideachd. Chaidh fiosrachadh a-mach gu luchd-teagaisg pàirt a'ghabhail anns an sgrùdadh agus an trèanadh seo cuideachd.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain	
	Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca agus tha seo air sgrùdadh agus ùrachadh anns An Gearran am bliadhna mar 's abhaist.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Gheibh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh nuair a tha sin a dhìth. Uaireannan bidh buidhnean eile ga chur air dòigh. Aig amannan eile, 's e trèanadh a dh'aona-ghnothach a bhios ann a chuireas Fèisean nan Gàidheal air dòigh mar an co-labhairt anns air 22/23 An t-Sultain. Tha 47 luchd-eagrachaidh air a bhith faighinn 104 seisean trèanaidh.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Rinn an luchd-obrach trèanadh ann an Gràmair Gàidhlig anns An t-Òg-mhìos. Rinn a h-uile duine trèanadh Co-ionnachd air loidhne. Tha Eilidh a faighinn leasain Gàidhlig bho Seònaid NicGriogair. Tha Aonghas air trèanadh a dhèanamh comhla ri YTS. Rinn Raoinead cùrsaichean air loidhne ann an Dion-Chloinne. Tha trèanadh a dol air adhart ann an Ciad-Cobhair, GDPR agus sgrìobhadh naidheachdan an-dràsta.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Rinn sin trèanadh gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh. Thathar an dòchas gun dèan muinntir	

	nan Cèilidhean air Chuairt obair am-bliadhna feuch am bi iad airidh air duaisean. Bha Diane Bruce air ScotGrad placement fad an t-shàmhraidh. Bha 47 daoine oga anns na Cèilidhean air Chuairt aig 45 seasanan trèanaidh aig Fèis Alba anns Am Phloc.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus gus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh dhaibh.
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Bidh 7 Cèilidhean air Chuairt ann an 2017-18 a faighinn taic-airgid bho Fhèisean. Tha 3 Cèilidhean air Chuairt taobh a-staigh Fèis Rois cuideachd.
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Chaidh Blas a chumail eadar 1 is 9 Sultain 2017. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi aig tachartasan anns Am Phloc, Port-Rìgh, Cille-Mhoire agus ann an Inbhir Nis.
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt, Fèis an Earraich, Fèis Lochabair, Fèis Spè , Fèis Rois, Fèis Chataibh & Fèis Latharna cothrom a bhi aig Blas am bliadhna.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean
	Bha bùth-obrach trèanaidh anns san Lùnastal 2015 airson oidean aig Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Chaidh trèanadh air adhart anns An Gearran 2016 airson luchd-teagaisg nam Fèisean. Bha trèanadh seo a coimhead air sgilean mar dìon chloinne, dòighean agus goireasan teagaisg agus a'deiligeadh ri diofar ìrean anns an clas. Tha rannsachadh a dol air adhart an dràsta airson trèanadh luchd-teagaisg am bliadhna agus tha seo aig ìre a bhi deiseil.
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos
	Fhuair sinn crìoch a chur air a' phròiseact Fuaran, a fhuair taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, ro dheireadh am Màirt, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin air na sgilean sin ionnsachadh. Gheibhear fiosrachadh air a phròiseact aig www.feisean.org/fuaran
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile
	Tha na clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta anns gach sgoil ann an Roinn na Gàidhealtachd a leanntain agus fhuair sin airgead Comhairle na Gàidhealtachd 17/18 anns An Lùnastal. Tha clasaichean a leanntain ann an Siorrachd Rinn Friù.
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin	
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015
	Tha sinn a'dèiligeadh ri cùisean ceangailte ri co-ionannachd agus tha mi air an leabhar-làimhe ùrachadh a toirt a-staigh atharraichean bliadhnail bho Equalities Act 2010. Rinn an luchd-obrach trèanadh air loidhne.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-	

diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Thòisich luchd-obrach is Buill a' Bhùird a' clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean 2015. Tha sin a toiseachadh air clàradh sgaoilidhean carbon bhon an luchd-teagasg bho 1 Giblean 2016.	
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Bidh sinn a' cur tòrr thachartasan air dòigh aig Fèis Blas ann an sgìrean ionadail, agus sin a'ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain. Tha sin a moladh daoine a bhi roinnte charbaid.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Tha am pròiseact Fuaran air tighinn gu crìoch san Màrt 2016, agus tha na h-òrain a chaidh a chlàradh rim faotainn aig www.feisean.org/fuaran	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Chaidh Fèisean ùra a stèidheachadh an uiridh san Apainn, Pàislig, Dùn Phris agus An Tàirbeart agus gheibh iad taic bhon sgeama tabhartasan againn.	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faicibh AC24 gu h-àrd	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faicibh AC25 gu h-àrd, tha 125 neach air pairt a ghabhail ann 181 seiseanan trèanaidh.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faicibh AC29 gu h-àrd	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt a bhith aig tachartasan Fèis Blas.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faicibh AC31 gu h-àrd.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean agus cosg.	
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Chan eil seo ach sàmhach an-dràsta ach chaidh rannsachadh a'dhèanamh agus cha robh iaartais ann	

	air a shon an-dràsta. Cumaidh sin sùil air agus tha dùil gun tòisichidh e a-rithist nas fhaide air adhart.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Chaidh seisean trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach a chur air dòigh le Muriel Urquhart anns an Òg-mhìos. Tha Eilidh a faighinn leasain Gàidhlig bho Seònaid NicGriogair a h-uile mìos.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.17	
	Faicibh AC25 gu h-àrd	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Thathar a cumail taice a thoirt do 44 Fèisean ann an 2017-18 le tabhartasan, àrachas, ionnsramaidean ciùl agus sgilean Gàidhlig.	
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair aig ìre luchd-obrach agus a' Bhùird sa Ghàidhlig agus thèid conaltradh a dhèanamh le Fèisean ionadail tron Ghàidhlig. Nì sinn cinnteach gum bi Fèisean a' cumail ris na pàirtean den Phoileasaidh Ghàidhlig a bhuineas riutha agus tha Plana Gàidhlig aca uile tha iad a leanntain.	
BnG22	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo agus tha mi dèanamh cinnteach gu bheil seo a tachairt ann an deagh àm.	
BnG23	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris a' chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	Fhuair Bòrd na Gàidhlig a h-uile pàipear bho choinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal agus tha an clàr chunnartasan air ùrachadh a h-uile bliadhna anns An Ceitean airson coinneamh a'Bhùird.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
	Thèid taic a chumail ri 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2017-18. Tha Fèisean nan Gàidheal air £121,869.00 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2017-18, a' gabhail a-steach an £22,100 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar a' cosg an còrr der tabhartas air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1	
	Chaidh maoineachadh luach £35,493 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh tha sin sùileachadh. Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1	
	Chaidh maoineachadh luach £35,017.50 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,500 tha sin sùileachadh bhon Chomhairle. Thèid an £11,000 a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde	

AINM	**Eilidh NicCoinnich**			
DREUCHD	**Manaidsear Fèisgoil**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

		Oideachadh Cruthachail	Àireamhan aca	
Àir.				**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
AC3	Tha sinn fhathast ag obair air cùrsa Blasad Gàidhlig airson bliadhna slàn na sgoile.			
AC4	Mar phàirt den phanto am bliadhna tha òran ùr is eadar-theangachadh ann – fear a sgrìobh mi fhìn, "Haoi o Nollaig o-ro" is eadar theangachadh "Dannsa ri taobh caraid is craobh" a rinn mi o chionn ghoirid.			
AC5	B' e ràith gu math cruthachail taobh a staigh Fèisgoil a bha seo, gu h-àraidh le dealbhan-cluich ùra a sgrìobh Aonghas MacLèoid, oifigear dràma aig FnG – (1) scriobt *Coinneach Odhar Fiosaiche* airson sgoiltean air feadh na sgìre far an robh Am Fiosaiche a' fuireach; (2) dealbh-chluich air Na Seumasaich is chaidh dithis do na sgoiltean thairis air trì seachdainean anns an Dàmhair agus air chuairt a-rithist an dèidh na bhliadhn' ùir; (3) Panto ùr son na bliadhna-sa – *Anna Bheag a' Chòta Dheirg*.			
AC6	Ghabh 14 òganaich pàirt ann an Sgoil Shàmhraidh Dràma am-bliadhna ann am Port Rìgh aig toiseach an t-samhraidh. Ullachaidh sinn tràth sa bhliadhna ùr airson SSD18 (2 gu 14 an t-Iuchar).			
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC9	A' bruidhinn ri Sandy Gray nuair a bhios oidean ùra ag obair còmhla rinn is chuir sinn stòr-dàta oidean Fèisgoil air doigh.			
AC11	A bharrachd air SPORAN, *Coinneach Odhar Fiosaiche*, bùth-obrach taisbeanaidh air a lìbhrigeadh 35 tursan le Aonghas MacLeòid, tro 16 sgoiltean far a bheil iad a' dèanamh Gàidhlig mar C3 aig toiseach an ràith seo, chaidh Ellen NicDhòmhnaill is Calum Dòmhnallach tro 26 sgoiltean air feadh na dùthcha le dealbh-chluich Meanbh Chuileag, *Tèarlach fo Chasaid*. Thèid iad a-mach air thuras tro na h-eileanan siar is an t-Eilean Sgitheanach airson trì seachdainean a bharrachd anns an earrach.			
AC12	'S dòcha gum bi cuid de na geamannan/òrain a tha sinn a' cleachdadh anns nan seiseanan Blasad Gàidhlig freagarrach airson Sgioba G aig na Fèisean.			
AC13	Hùb-Hàb 16/17: bliadhna ionmhais 2017/18: air chuairt sna h-eileanan siar, le taic bho CnES anns an ceathramh teirm den bhliadhna sgoile 2016/17. (Hùb- Hàb 17/18: bliadhna ionmhais 2018/19: air chuairt as dèidh àm na càisge – bidh barrachd fios ann san àm ri teachd) A bharrachd air sin, tha seiseanan Blasad Gàidhlig a' lìbhrigeadh cànain is fhaclan tro na h-òrain, geamannan, sgeulachdan is luchd-fuadain sònraichte againn. Tha mi a' feuchainn ri buidheann stiùiridh nan tràth bhliadhnaichean a chur air doigh – neach teagaisg aig BS Carron (an Eaglais Breac), Ellen Jack, Lindsey Charnley is mi-fhìn.			
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC19	Tha mi mar bhall de bhuidheann-stiùiridh Blas, chuir mi taisbeanadh eadar-nàiseanta air dòigh is chaidh mi gu 12 tachartas Blas mar neach-amhairc, neach-obrach no bean-an-taighe.			
AC20	N/A an ràith seo.			

Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC25	Tha na leasanan Gàidhlig agam còmhla ri Seònaid NicGhriogair air tòiseachadh a-rithist agus thèid mi gu latha trèanaidh Gàidhlig airson luchd obrach FnG air 7mh An Dùbhlachd.	
AC26	Tha dà oide ùr Fèisgoil againn an ràith seo, dithis fo aois 30 – Calum Dòmhnallach agus Catherine Tinney.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	Tha mi a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn dhomh is tha earrann anns na cùmhnantan Fèisgoil mu chudromachd cleachdadh na Gàidhlig a-measg oidean a tha sinn a' fastadh.	
AC29	Faicibh aithisg ràitheil An t-Sultain. Tha sinn a' feitheamh son fios mu mhaoin bho Chomhairle na Gàidhealtachd.	
AC30	Tro Bhlas tha sinn a' fastadh is a' toirt taic ri luchd-ciùil òga. A bharrachd air sin tha sinn a' moladh luchd-ciùil òga a bha dol/fhathast a' dol tro na Fèisean mar phàirt de thachartasan eile mar Celtic Colours, Celtic Connections agus Bliadhna na h-Òigridh an ath-bhliadhna.	
AC32	Tha feum agamsa barrachd obrach a dhèanamh leis na meadhanan didseatach aig FnG ged nach eil ùine gu leòr agam an-dràsta airson a h-uile sian a chur air dòigh. Bidh taisbeanadh poblach de Phanto 2017 air FèisTV beò air 14/12/17.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Bha là trèanaidh luchd-teagaisg aig FnG air 25 An t-Samhain le sianar na lùib is Iain F MacLeòid ga stiùireadh.	
AC38	An ràith seo: • A' sanasachd Fèisgoil tro dhràma – bùithtean-obrach is tursan – SPORAN (sgoiltean far a bheil iad ag ionnsachadh Gàidhlig mar phàirt den sgeama Cànan 1+2); Meanbh Chuileag – *Tèarlach fo Chasaid*; TòG – là bogaidh agus An Lab • A' sanasachd Fèisgoil tro chèol – Iomairt Chiùil na h-Òigridh, Seinn, Acadamaidh a Mhòid, TMF & MEPG Tha taisbeanadh BSGLA a' leasachadh le taic bho Riaghaltas na h-Alba, Còmhairle na Gàidhealtachd is FnG. Thòisich Ingrid NicEanraig is Iain Mac Phàrlain ag obair leis a' chloinn. • A' sanasachd Fèisgoil tro chànan – Blasad Gàidhlig – a' cleachdadh gach seòrsa ealain - sgeulachdan, òrain, geamannan mar sin air adhart. Tha sinn a' tadhal air 7 sgoiltean gach seachdain ann an sgìre na h-Eaglaise Brice, agus thòisich sinn ann am Fìobha an terim sa chaidh far a bheil dithis a' lìbhrigeadh sheiseanan ann an trì sgoiltean. • Fhuair sinn fios o chionn ghoirid gun d'fhuair Fèisgoil cùmhnant bho Chomhairle na Gàidhealtachd airson Gàidhlig mar C3 tro 70+ sgoiltean. Barrachd fiosrachaidh san àm ri teachd. Tha sinn gu bhith lìbhrigeadh 4 làithean bogaidh ann am Bun-sgoil Gartcosh Lannraig a Tuath, san àm ri teachd a' toiseachadh an seachdainsa. (Sgaoil a' chòmhairle fios mun taic seo tro na bun-sgoiltean air fad san sgìre far an do thaghadh iad Gàidhlig mar C3 leis an dùil gum bi barrachd ag iarraidh taic mar seo bhuainn) • Eòlas air a' Ghàidhlig/Buidhnean poblach: Lìbhrig Linda NìcLeòid leth-latha air Eòlas air a' Ghàidhlig airson luchd-obrach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba anns ant-Samhain is tha i gu bhith ga dhèanamh a-rithist san Fhaoilleach. • Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba – An ràith seo fhuair sinn fios gum bidh sinn ag obair còmhla ri AEA air trì proiseactan san àm ri teachd – Cleas aig a' Chaisteal, Muinntir a' Chaisteal agus pròiseact còmhla ri Sgoil an Taobh Siar. Lìbhrig Catherine Tinney seisean dhuinn air 30mh An Samhain.	

AC39	Tha a mhòr chùid de na seiseanan Iomairt Chiùil na h-Òigridh anns na bun-sgoiltean air fad air a' Ghàidhealtachd a nise gu bhith deiseil. Tha Fèis Phàislig a-nise a' coimhead an dèidh seiseanan Rinn Friù.	
AC40	Blasad Gàidhlig – barrachd fiosrachaidh aig AC38 – cànan	
AC41	SSD17 – faicibh AC6	
AC42	Tha luchd-teagaisg a' faighinn taic le teagaisg Gàidhlig aig an ìre seo bhon sgioba Blasad Gàidhlig leis gum bi iad fhèin ann fhad 's a tha na seiseanan a' dol air adhart.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
CS44	A' leantainn ris a' phlana againn.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	Gach latha bidh mi fhathast a' toirt mo chàr dealain dhan oifis is air ais.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	Bidh mi a' cleachdadh ar làrach-lìn, a' sgrìobhadh aithisgean goirid air pròiseactan Fèisgoil, ach dràma, airson *Faileas* agus nuair a bhìos ùine agam a' cur naidheachdan air Facebook.	
AC48	Ag obair còmhla ri sgioba Blasad Gàidhlig againn air goireasan ùr is a' feitheamh airson stuth aig Linda NicLeòid. Ann am meadhan na Samhna fhuair sinn fios bho MEPG gu bheil iad ag iarraidh na h-òrain bhuainn ann an bhideothan. Tha mi a' cur goireas ùr air doigh airson sgoiltean le òrain Nollaig.	
AC49	Faicibh AC48	
AC50	Faicibh AC48.	
AC51	Faicibh AC47.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	Faicibh AC38.	
InG2	Faicibh AC13.	
InG3	N/A an ràith seo	
InG4	Tha an luchd teagaisg a' faighinn cothrom beagan Gàidhlig ionnsachadh còmhla ris na sgoilearan sna clasaichean aca sna bun-sgoiltean agus san àrd-sgoil. A bharrachd air sin tha na h-oidean ciùil againn a' toirt taic don luchd-teagaisg tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh, Seinn agus Acadamaidh a' Mhòid.	
InG6	Faicibh InG4.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh		
InG12	Faicibh AC36.	

InG13	Trèanadh airson Luchd Teagaisg, Iain F MacLèod, - bha pìleat ann na bu thràithe am-bliadhna is thachair a chiad là trèanaidh còmhla ri sianar ann an Inbhir Nis Disathairne 25mh An t-Samhain.	
InG15	Faicibh AC25 & AC26.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG17	Faicibh AC29.	
InG18	Faicibh AC6	
InG19	SSD17 - Faicibh AC6	
InG20	Faicibh AC30.	
InG21	Faicibh AC30.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Cha robh Cofaidh is Còmhradh a' ruith tron ràith seo ach gach mìos tha Tac an Teine a' ruith ann an Inbhir Nis far a bheil coimhearsneachd Inbhir Nis san sgìre a' tighinn còmhla airson seinn is còmhradh.	
BnG3	Tha Seònaid NicGhriogair a' toirt leasan Gàidhlig dhomh gach seachdain. Bidh seisean treànaidh Gàidhlig aig luchd-obrach FnG air 7mh An Dùbhlachd ann an Inbhir Nis is tha mi 'n dùil a bhi an làthair.	
BnG7	Tha Panto againn a' ruith tro 3 seachdainean an àite 2 am-bliadhna agus leis an dùil gum bidh sinn a' tadhal air gach bun-sgoil far a bheil iad ag ionnsachadh tro Ghàidhlig gach treasamh bliadhna chuir sinn charter flight air dòigh airson Ìle is Tiriodh a ruighinn am-bliadhna airson a' chiad uair.	
BnG8	A' lìbhrigeadh tro bùithtean-obrach mar phairt de FDEG (22), Hùb Hàb (17), Sporan - Coinneach Odhar (35), Meanbh chuileag (29), Panto (28) – 131 uile gu lèir (gun TòG is FDU san àm ri teachd)	
BnG9	Thachair là bogaidh TÒG17 (26/09/17) – 14 òigridh na lùib agus dà là TÒG17 - An Lab (02/11/17 & 03/11/17) – 11 òigridh na lùib. A bharrachd air sin lìbhrig Aonghas MacLeòid dà sheisean aig Acadamaidh Rìoghail Bhaile Dhubhthaich na bu thràithe sa bhliadhna.	
BnG10	Meanbh-chuileag 2017 – *Teàrlach fo Chasaid* – 29 bùithean-obrach taisbeanaidh air feadh na dùthcha le cothrom do barrachd air 850 sgoilearan le Gàidhlig a bhith na lùib. Trì seachdainean fhathast ri dhol (tràth sa bhliadhna ùir)	
BnG11	Meanbh-chuileag luchd ionnsachaidh (no SPORAN) 2017. Bha Aonghas MacLeòid air thuras leis, a' dol tro 14 sgoiltean faisg air Brahan far an do thaghadh iad Gàidhlig mar C3 le bùth-obrach/taisbeanadh Choinnich Odhair. Thairis air 2.5 seachdain lìbhrigidh Aonghas 35 seiseanan le 889 sgoilearan an sàs.	
BnG12	Faicibh aithisg ràitheil An t-Sultain 2017	
BnG14	Faicibh aithisg ràitheil An t-Sultain 2017	
BnG15	Thachair seo.	
BnG16	Bha 14 ann. Tòisichidh sinn air obair shansachd airson SSD18 tràth sa bhliadhn' ùr.	
BnG18	Tha mi a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn dhomh san oifis is tha mi a-nise a' faighinn barrachd taic gu cunbhalach bho Sheònaid NicGhriogair.	

AINM	MOREEN PRINGLE
DREUCHD	OIFIGEAR GHNOTHAICHEAN

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròg raim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail**		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca. Anns an raìthe seo, chur mi thabhartasan a-mach gu 7 Fèisean.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnsramaidean diofaraichte airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Chaidh ionnsramaidean a-mach airson Fèis Spè, Fèis a' Bhaile, Fèis Mhoireibh agus Fèis Dhun Bhreatainn.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	S e stòras a th' ann an Tasgadh maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal agus fosgailte do bhuidhnean agus daoine fa leth. Bha an cheann-latha 27 Dàmhair 2017. Fhuair sinn 23 iarrtas agus chaidh taic aontachadh do 16 tagraiche. Tha an ath cheann-latha 2 Gearran 2018.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi a' clàradh sgaoilidhean carbon bhon Giblean	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha Làrach-lìn www.feisean.org ga ùrachadh gu cunbhalach. Chaidh Faileas air an Làrach-Lìn deireadh Sultain agus tha sin a deisealachadh fear eile airson and Dùbhlachd. Tha Faileas a dol a-mach gu a h-uile duine air an stòr-data cuideachd.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	

	Chaneil sin air an-dràsta, ach bidh sin a tòiseachadh a-rithist	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh Gàidhlig a thachair fad a' bhliadhna	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.18	
	Tha tòrr seiseanan trèanaidh a thachair fad a' bhliadhna	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.18	
	Tha mi a' toirt taic do na Fèisean le tabhartasan, leabhraichean, ionnstramaidean, Faileas, m.s.a.a.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**ANGUS MACLEOD**			
DREUCHD	**OIFIGEAR DRÀMA**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Meanbh-chuileag agus Sgoil Shamhraidh Dràma Thathar a' rannsachadh cothroman maoineachaidh gus sgrìobhadh ùr a bhrosnachadh a bhiodh freagarrach airson pròiseact tèatar-oideachaidh Meanbh-chuileag agus an Sgoil Shamhraidh Dràma.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh	
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid film goirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC11	Bùiththean-obrach is pròraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)	
	Meanbh-chuileag – Teàrlach Fo Chasaid Sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach a tha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean fhastadh gus a' bhùth-obrach lìbhrigeadh , Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Chaidh an obair-deasachaidh a dhèanamh	

	taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Diluain 25 agus Diciadain 27 Sultain. Chaidh a chiad earrann de thuras nàiseanta a chumail eadar 2 agus 27 Dàmhair far an deach a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair. Thèid an dàrna earrann a lìbhrigeadh ro dheireadh a' Mhàirt 2018. **Pròiseact Tèatar Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Coinneach Odhar** Sgrìobh mi sgriobt airson bùth-obrach eadar-obrachachail mu Choinneach Odhar do sgoilearan bun-sgoile eadar P5-P7 a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Rè 11 latha eadar 4 agus 21 Sultain 2017 thadhail mi air 14 bun-sgoiltean ann an siorrachd Rois agus sgìre Inbhir Nis far an do lìbhrig bùth-obrach a mhair uair a thìde do 34 buidhnean. Bha mu 880 sgoilear an làthair aig na bùthan-obrach seo.
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G
	Gaelic for All – Anns a' bhliadhn' ùr bi mi a' toirt taic do na h-oifigearan leasachaidh agus na Fèisean fa leth gus dòigh ùr a leasachadh a bheireadh taic dhaibh a chànan a chleachadh gu làitheil aig àm na Fèise le pasgan de ghoireasan is cur-seachadan.
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean
	Hùb Hàb 2018 Anns an Dùbhlachd agus san Fhaoilleach bidh mi a' leasachadh sgriobt ùr airson Hùb Hàb a bhios stèidhte air an aon seòrsa fhòrmat a bh'air na pròiseactan Hùb Hàb a dh'fhalbh m.e. Hùb Hàb air Ghleus agus Hùb Hàb: Cumaidhean Ceòlmhor. 'S e pròiseact thèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean a th'ann an Hùb Hàb a tha ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid sgioba le Gàidhlig fhastadh gus an sgoil a lìbhrigeadh. Thèid film goirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	

AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin
	Bha mi an làthair aig là trèanaidh ann am Port Rìgh air Diluain 7 Dùbhlachd a bhios stèidhte air gràmar na Gàidhlig.
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan
	Obair leantainneach a thaobh a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org Thèid brathan-naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naicheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd. A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal Aig www.facebook.com/feisean A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal

	A’ taisbeanadh agus a’ cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal A’ taisbeanadh agus a’ cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal A’ taisbeanadh agus a’ cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh’oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean
	• Luchd-oide Fèisgoil / Luchd-stiùiridh Sgioba G – Thathar a’ leasachadh làithean trèanaidh ag amas air oileanaich fileanta sa Ghàidhlig. Thathar a’ beachdachadh air sreath de chinn-latha aig colaistean/ oilthaighean air feadh na dùthcha far an gabhadh làithean-trèanaidh a chumail • Tha Fèisean nan Gàidheal a’ toirt seachad cothroman cosnaidh do chleasaichean le Gàidhlig ‘s cothrom aca sgilean ùra leasachadh tro na pròiseactan tèatar-oideachaidh ‘Meanbh-chuileag’, ‘Hùb Hàb’ agus an dealbh-chluich Nollaig againn. Tha cothroman cosnaidh ann do oibrichean dràma le Gàidhlig tro na Fèisean Dràma a th’againn do bhun-sgoiltean, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus an Fhèis Thèatar Òigridh Ghàidhlig.
AC36	A’ toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga
	• Chaidh dithis chleasaichean òga fhastadh gus an turas le Teàrlach Fo Chasaid a lìbhrigeadh eadar 2 agus 27 Dàmhair far an deach a mhòr-chuid de bhun-sgoiltean air tìr mòr na h-Alba le foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a fhrithealadh. • Chaidh trì cleasaichean òga fhastadh gus an dealbh-chluich Nollaig Anna Bheag a’ Chòta Dheirg a dheasachadh agus turas a mhaireas 3 seachdain a lìbhrigeadh a thòisich air Diluain 27 Samhain.
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
	Hùb Hàb 2018 Anns an Dùbhlachd agus san Fhaoilleach bidh mi a’ leasachadh sgriobt ùr airson Hùb Hàb a bhios stèidhte air an aon seòrsa fhòrmat a bh’air na pròiseactan Hùb Hàb a dh’fhalbh m.e. Hùb Hàb air Ghleus agus Hùb Hàb: Cumaidhean Ceòlmhor. ‘S e pròiseact thèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean a th’ann an Hùb Hàb a tha ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th’ againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach ’s a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a’ dèanamh an nì cheudna.	
AC45	A’ clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)
	Tha mi a’ cumail clàr de sgaoilidhean carbon ann am foirmean-iarrtais airson cosgaisean.
AC46	A’ dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a’ tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math

Meanbh-chuileag – Teàrlach Fo Chasaid
Sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach a tha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean fhastadh gus a' bhùth-obrach lìbhrigeadh , Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Chaidh an obair-deasachaidh a dhèanamh taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Diluain 25 agus Diciadain 27 Sultain. Chaidh a chiad earrann de thuras nàiseanta a chumail eadar 2 agus 27 Dàmhair far an deach a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair. Thèid an dàrna earrann a lìbhrigeadh ro dheireadh a' Mhàirt 2018.

Dealbh-chluich na Nollaig - Anna Bheag a' Chòta Dheirg
Bidh turas nas fhaide ann am bliadhna a mhaireas 15 latha agus agus bi barrachd thaisbeanaidhean anns na h-eileanan am bliadhna m.e. ann an Ìle 's Tiriodh air Dihaoine 1 Dùbhlachd agus bidh 4 latha aig an sgioba anns na h-Eileanan an Iar eadar 4 agus 7 Dùbhlachd. Bidh dà thaisbeanadh poblach ann air Dihaoine 8 Dùbhlachd ann am Bail' Ùr an t-Slèibh agus Diardaoin 14 Dùbhlachd ann an Inbhir Nis.

Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba

AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	

Obair leantainneach a thaobh a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org

Thèid brathan-naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naicheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd.

A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal Aig www.facebook.com/feisean

A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal

A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal

A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal

A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal

A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/

AC51	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	

Obair leantainneach a thaobh a bhith a' foillseachadh pìosan naidheachd mu obair Fèisean nan Gàidheal, Fèisgoil agus pròiseactan dràma air làrach lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org

Thèid brathan-naidheachd mu phròiseactan a chur gu luchd-naicheachd m.e. Radio nan Gàidheal, BBC An Là, agus pàipearan naidheachd.

A' cruthachadh sgeulachdan agus brathan-naidheachd airson duilleag Facebook Fèisean nan Gàidheal Aig www.facebook.com/feisean

A' foillseachadh naidheachdan tron chunntas twitter aig Fèisean nan Gàidheal @FNGaidheal

A' deasachadh fiolmaichean goirid ceangailte ri obair Fèisean nan Gàidheal 's gan taisbeanadh air an t-sianail YouTube againn aig www.youtube.com/feiseannangaidheal

A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann de obair na Sgoile Samhraidh Dràma thar nam bliadhnaichean air

	Vimeo aig www.vimeo.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Flickr aig www.flickr.com/feiseannangaidheal A' taisbeanadh agus a' cumail tasglann den obair aig Fèisean nan Gàidheal, an Sgoil Shamhraidh Dràma agus pròiseactan eile air Instagram aig www.instagram.com/fngaidheal/
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil	
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid sgioba le Gàidhlig fhastadh gus an sgoil a lìbhrigeadh. Thèid film goirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd **Fèis Thèatar Òigridh Ghàidhlig 2017: An Lab** Tron *Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh latha bogaidh na Fèise a chumail air Dihaoine 25 Lùnastal anns an robh 14 compàirtichean à Inbhir Nis 's Inbhir Pheofhairean. Chaidh fòrmat na Fèise atharrachadh gus daoine a bharrachd a bhrosnachadh pàirt a ghabhail innte. Aig a cheann thall ghabh 11 compàirtichean anns An Lab a chaidh a chumail air Diardaoin 2 agus Dihaoine 3 Samhain aig an One Touch Theatre, Eden Court. Shoirbhich leis an fhormat ùr agus chaidh taisbeanadh poblach den obair aca a chumail feasgar Dihaoine. **Meanbh-chuileag – Teàrlach Fo Chasaid** Sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach a tha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean fhastadh gus a' bhùth-obrach lìbhrigeadh , Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Chaidh an obair-deasachaidh a dhèanamh taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Diluain 25 agus Diciadain 27 Sultain. Chaidh a chiad earrann de thuras nàiseanta a chumail eadar 2 agus 27 Dàmhair far an deach a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair. Thèid an dàrna earrann a lìbhrigeadh ro dheireadh a' Mhàirt 2018. **Pròiseact Tèatar Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Coinneach Odhar** Sgrìobh mi sgriobt airson bùth-obrach eadar-obrachachail mu Choinneach Odhar do sgoilearan bun-sgoile eadar P5-P7 a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Rè 11 latha eadar 4 agus 21 Sultain 2017 thadhail mi air 14 bun-sgoiltean ann an siorrachd Rois agus sgìre Inbhir Nis far an do lìbhrig bùth-obrach a mhair uair a thìde do 34 buidhnean. Bha mu 880 sgoilear an làthair aig na bùthan-obrach seo.
InG2	A' leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan
	Hùb Hàb 2018 Anns an Dùbhlachd agus san Fhaoilleach bidh mi a' leasachadh sgriobt ùr airson Hùb Hàb a bhios stèidhte air an aon seòrsa fhòrmat a bh'air na pròiseactan Hùb Hàb a dh'fhalbh m.e. Hùb Hàb air Ghleus agus Hùb Hàb: Cumaidhean Ceòlmhor. 'S e pròiseact thèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean a th'ann an Hùb Hàb a tha ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3.
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan

	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid film ghoirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh	
InG12	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid film ghoirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd **Fèis Thèatar Òigridh Ghàidhlig 2017: An Lab** Tron *Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh latha bogaidh na Fèise a chumail air Dihaoine 25 Lùnastal anns an robh 14 compàirtichean à Inbhir Nis 's Inbhir Pheofhairean. Chaidh fòrmat na Fèise atharrachadh gus daoine a bharrachd a bhrosnachadh pàirt a ghabhail innte. Aig a cheann thall ghabh 11 compàirtichean anns An Lab a chaidh a chumail air Diardaoin 2 agus Dihaoine 3 Samhain aig an One Touch Theatre, Eden Court. Shoirbhich leis an fhormat ùr agus chaidh taisbeanadh poblach den obair aca a chumail feasgar Dihaoine.
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna
	Sgoil Shamhraidh Dràma 2018 Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid film ghoirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig
	Fèis Thèatar Òigridh Ghàidhlig 2017: An Lab Tron *Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh latha bogaidh na Fèise a chumail air Dihaoine 25 Lùnastal anns an robh 14 compàirtichean à Inbhir Nis 's Inbhir Pheofhairean. Chaidh fòrmat na Fèise atharrachadh gus daoine a bharrachd a bhrosnachadh pàirt a ghabhail innte. Aig a cheann thall ghabh 11 compàirtichean anns An Lab a chaidh a chumail air Diardaoin 2 agus Dihaoine 3 Samhain aig an One Touch Theatre, Eden Court. Shoirbhich leis an fhormat ùr agus chaidh taisbeanadh poblach den obair aca a chumail feasgar Dihaoine.
Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.18
	Gaelic for All – Anns a' bhliadhn' ùr bi mi a' toirt taic do na h-oifigearan leasachaidh agus na Fèisean fa leth gus dòigh ùr a leasachadh a bheireadh taic dhaibh a chànan a chleachadh gu làitheil aig àm na Fèise le pasgan de ghoireasan is cur-seachadan.
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a' tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.18
	Dealbh-chluich na Nollaig Chuir mi crioch air dreach den sgriobt airson an dealbh-chluich Nollaig, Anna Bheag a' Chòta Dheirg air

	10 Samhain. Chaidh 3 cleasaichean, Calum Dòmhnallach, Ellen NicDhòmhnaill agus MJ Deans fhastadh gus obair-deasachaidh a dhèanamh agus turas nàiseanta a lìbhrigeadh a mhaireas 15 latha. Thug mise stiùireadh do na cleasaichean anns na làithean deasachaidh a bh'aca eadar 21 agus 24 Samhain. Chaidh Coinnneach MacLeòid agus Laura Cowie fhastadh gus dreach na stèidse agus culaidhean a dhealbhadh. Thug Eilidh NicCoinnich stiùireadh do na cleasaichean a thaobh ceòl. Thèid an turas a chumail eadar 27 Samhain agus 15 Dùbhlachd.	
BnG8	80 bùth-obrach dràma Ghàidhlig a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.18	
	Meanbh-chuileag – Teàrlach Fo Chasaid Sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach a tha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean fhastadh gus a' bhùth-obrach lìbhrigeadh , Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Chaidh an obair-deasachaidh a dhèanamh taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Diluain 25 agus Diciadain 27 Sultain. Chaidh a chiad earrann de thuras nàiseanta a chumail eadar 2 agus 27 Dàmhair far an deach a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair. Thèid an dàrna earrann a lìbhrigeadh ro dheireadh a' Mhàirt 2018. **Pròiseact Tèatar Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Coinneach Odhar** Sgrìobh mi sgriobt airson bùth-obrach eadar-obrachachail mu Choinneach Odhar do sgoilearan bun-sgoile eadar P5-P7 a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Rè 11 latha eadar 4 agus 21 Sultain 2017 thadhail mi air 14 bun-sgoiltean ann an siorrachd Rois agus sgìre Inbhir Nis far an do lìbhrig bùth-obrach a mhair uair a thìde do 34 buidhnean. Bha mu 880 sgoilear an làthair aig na bùthan-obrach seo. **Fèis Thèatar Òigridh Ghàidhlig 2017: An Lab** Tron *Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh latha bogaidh na Fèise a chumail air Dihaoine 25 Lùnastal anns an robh 14 compàirtichean à Inbhir Nis 's Inbhir Pheofhairean. Chaidh fòrmat na Fèise atharrachadh gus daoine a bharrachd a bhrosnachadh pàirt a ghabhail innte. Aig a cheann thall ghabh 11 compàirtichean anns An Lab a chaidh a chumail air Diardaoin 2 agus Dihaoine 3 Samhain aig an One Touch Theatre, Eden Court. Shoirbhich leis an fhormat ùr agus chaidh taisbeanadh poblach den obair aca a chumail feasgar Dihaoine. **Hùb Hàb 2018** Anns an Dùbhlachd agus san Fhaoilleach bidh mi a' leasachadh sgriobt ùr airson Hùb Hàb a bhios stèidhte air an aon seòrsa fhòrmat a bh'air na pròiseactan Hùb Hàb a dh'fhalbh m.e. Hùb Hàb air Ghleus agus Hùb Hàb: Cumaidhean Ceòlmhor. 'S e pròiseact thèatar do bhuidhnean chloinne sna tràth-bhliadhnaichean a th'ann an Hùb Hàb a tha ag amas air buidhnean Gàidhlig ro-sgoile ach tha e cuideachd freagarrach airson clasaichean P1, P2 agus P3.	
BnG9	Thèid co-dhiù 3 buidhnean dràma òigridh airson clann àrd-sgoile a stèidheachadh ann an co-bhuinn ri buidheann eile ro 31.03.18. Tha ceangal aig seo ri cùmhnant com-pàirteach a th' againn le Eden Court mar phàirt den Lìonra Dràma.	
	F**èis Thèatar Òigridh Ghàidhlig 2017: An Lab** Tron *Maoin Leasachadh Dràma na Gàidhlig* aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile le Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanaidhean dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh latha bogaidh na Fèise a chumail air Dihaoine 25 Lùnastal anns an robh 14 compàirtichean à Inbhir Nis 's Inbhir Pheofhairean. Chaidh fòrmat na Fèise atharrachadh gus daoine a bharrachd a bhrosnachadh pàirt a ghabhail innte. Aig a cheann thall ghabh 11 compàirtichean anns An Lab a chaidh a chumail air Diardaoin 2 agus Dihaoine 3 Samhain aig an One Touch Theatre, Eden Court. Shoirbhich leis an fhormat ùr agus chaidh taisbeanadh poblach den obair aca a chumail feasgar Dihaoine.	
BnG10	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro	

	31.03.18	
	Meanbh-chuileag – Teàrlach Fo Chasaid Sgrìobh mi sgriobt agus dh'ullaich mi goireasan do luchd-teagaisg airson Teàrlach Fo Chasaid, bùth-obrach eadar-obrachail mun a' Phrionnsa Teàrlach a tha ag amas air sgoilearan eadar P5-P7 ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Chaidh dithis chleasaichean fhastadh gus a' bhùth-obrach lìbhrigeadh , Calum Dòmhnallach agus Ellen NicDhòmhnaill. Chaidh an obair-deasachaidh a dhèanamh taobh a-staigh trì làithean ann an Inbhir Nis eadar Diluain 25 agus Diciadain 27 Sultain. Chaidh a chiad earrann de thuras nàiseanta a chumail eadar 2 agus 27 Dàmhair far an deach a thaisbeanadh 29 turas aig 24 sgoil le 872 sgoilear an làthair. Thèid an dàrna earrann a lìbhrigeadh ro dheireadh a' Mhàirt 2018.	
BnG11	Turas le dealbh-chluich dà-chànanach a mhaireas ceala-deug ag amas air sgoiltean a tha faighinn Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh no teagasg Gàidhlig tro Fèisgoil, ro 31.03.2018	
	Pròiseact Tèatar Oideachaidh airson Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig – Coinneach Odhar Sgrìobh mi sgriobt airson bùth-obrach eadar-obrachachail mu Choinneach Odhar do sgoilearan bun-sgoile eadar P5-P7 a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Rè 11 latha eadar 4 agus 21 Sultain 2017 thadhail mi air 14 bun-sgoiltean ann an siorrachd Rois agus sgìre Inbhir Nis far an do lìbhrig bùth-obrach a mhair uair a thìde do 34 buidhnean. Bha mu 880 sgoilear an làthair aig na bùthan-obrach seo.	
BnG16	Na amas gum bi 15 duine aois 13-18 a' gabhail pàirt anns an Sgoil Shamhraidh Dràma ann an 2017	
	Ann an 2017 bha 14 compàirtiche aig an Sgoil Shamhraidh Dràma. **Sgoil Shamhraidh Dràma 2018** Thèid an ath Sgoil Shamhraidh Dràma a chumail eadar 2 agus 14 Iuchair 2018 ann am Port Rìgh. Bidh roghainn aig tagraichean cuir a-steach airson àite a mhaireas 6 no 12 latha. Thèid film ghoirid a rinn a' bhuidheann a chur a-steach gu FilmG, co-fharpais nam filmaichean goirid aig MG Alba. Lorgar ceangal gu foirm-iarrtais air-loidhne air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal aig www.feisean.org/ssd Gheibh àrd-sgoiltean le roinnean Gàidhlig, ceangal gu film a rinn Manus Greumach mun Sgoil Shamhraidh Dràma ann an 2016 agus postair. Thèid an Sgoil Shamhraidh Dràma a shanasachd air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal agus tro na cunntasan FnG a leanas: YouTube, Instagram, Facebook, Twitter agus Instagram.	
BnG22	Ag aithneachadh taic a' Bhùird an lùib gach pròiseact, le fianais as ùr gach ràithe	
	Chaidh aithne a thoirt do thaic Bhòrd na Gàidhlig ann am brathan-naidheachd airson Coinneach Odhar agus Teàrlach Fo Chasaid. Rinn mi agallamh mu Teàrlach Fo Chasaid agus an turas air aithris na maidne air Radio nan Gàidheal. Thèid naidheachd mun dealbh-chluich Nollaig, Anna Bheag a' Chòta Dheirg a sgaoileadh air-loidhne, pàipearan-naidheachd, BBC Radio nan Gàidheal agus BBC An Là.	

AINM	**Nicola Simpson**			
DREUCHD	**ÀRD OIFIGEAR LEASACHAIDH**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Bidh mi a' conaltradh gu cunbhalach leis na fèisean mu dheidhinn diofar chothroman maoineachaidh a	

	th' ann agus a' moladh Maoin Leasachaidh nam Fèisean mar as iomchaidh.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh' Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Bidh mi a' toirt taic leantainnich do ochd Fèisean le planadh tron bliadhna gu lèir. An-ràith-sa, mar eisimpleir: • Fèis Inbhir Narainn – ag obair air Plana-leasachaidh ùr agus iarrtas gu Robertson Trust • Fèis Mhoireibh – a' leasachadh clasaichean ùr ann an fidhle agus feadag tron gheamhradh • Fèis Air an Oir – taic le bhith a' ceannach ionnsramaidean ùr agus deireadh-seachdain airson deugairean a' chur air doigh • Fèis Obar Dheathain – ag obair air iarrtasan airson a' phriomh Fhèis agus trèanadh Gaidhlig airson na luchd-oide aca •	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Bidh Fèis nan Oran a tachairt air 23 – 25 An Gearran ann aig Fairburn Activity Centre.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Bidh mi moladh ìrean Aonadh an Luchd-ciùil a chleachdadh cho mòr 's as urrainn agus a' toirt taic do Fèisean le buidseatan.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Tha mi tric a' cuideachadh na Fèisean agam ann a bhith a' faotainn iasad ionnsramaid bho bhanca Fèisean nan Gàidheal.	
	Gach bliadhna, ro thoiseach nam Fèisean, bidh mi ag iarraidh air gach Fèis fios a chur thugam air feumalachdan a thaobh ionnstramaidean a bhios a dhìth orra. Bidh mi a' cur giùlan air dòigh eadar Moreen anns an t-Eilean Sgitheanach agus companaidh leithid Heb Haulage no DR Macleod airson na h-ionnstramaidean a chur chun na Fèisean ann an tìde gu leòr mus tòisich iad, agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun gluais iad eadar na Fèisean thar an t-samhraidh agus gun till mi gu Moreen iad nuair a tha na Fèisean anns na h-Eileanan Siar deiseil leotha. Bha cuideigin anns na h-Eileanan Siar airson clàrsach a chumail agus eadar mi-fhìn is Moreen chuir sinn seo air dòigh, agus nuair thàinig i gu co-dhùnadh nach biodh i ga chleachdadh tuilleadh, fhuair mi air a thogail agus air a thoirt a-nuas dha na Hearadh nuair bha coinneamh agam do chuideigin eile a bha airson fhaighinn.	
AC9	**A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon**	
	Feumaidh gach neach a tha gu bhith a' teagasg aig Fèis a dhol tro sgrùdadh PVG, agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gun tèid seo a dhèanamh le bhith ga chur ann an cuimhne nam Fèisean gu tric agus ag iarraidh orra liosta den luchd-teagaisg a chur thugainn co-dhiù 6 seachdain ro thoiseach na Fèise. Bheir seo cothrom dhuinn na foirmichean iomchaidh a chur thuca agus am faighinn air ais gu sgiobalta. A-nise 's gu bheil daoine ùr a' tighinn air comataidhean aig coinneamhan bhliadhnail agus gu bheil na Fèisean a' fastadh luchd-teagaisg ùr airson na clasaichean leantainneach aca, bidh mi a' cur am fiosrachadh aca gu Sandy cho luath 's a tha e agam. Aig an ìre seo den bhliadhna bidh aig na comataidhean aig am bi clasaichean leantainneach tron gheamhradh ri claim form 1 a chur a-steach le liosta den luchd-teagaisg agus bidh mi gan cuideachadh a' brosnachadh an luchd-teagaisg gu bhith gan lìonadh agus gan cur air ais cho luath 's a ghabhas. Tha mi air na cinn-làithean fa-leth a thoirt dhaibh gus na foirmichean seo fhaighinn a-steach.	
`oi	**A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail**	
	Bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith an làthair aig consairtean Fèisean, agus bidh mi gan cuideachadh le bhith gan lìbhrigeadh aig deireadh na seachdain. Ma bhios cuirmean aca taobh a-muigh na Fèise, bidh fios aca gu bheil e comasach dhomh fhèin a lìbhrigeadh mar bhean an taighe, agus tha iad cofhurtail gu leòr le bhith ag iarraidh orm seo a dhèanamh. Bidh mi a' cuideachadh le sanasachd le postairean, facebook, duilleag Fèisean nan Gàidheal agus msaa. Bidh mi a' cur fios chun na sgoiltean mar a tha iomchaidh agus a' cuideachadh	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	**A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean**	
	Tha 10 Fèisean anns an roinn agam fhìn: Fèis Taigh Dhonnchaidh Fèis an Earraich Fèis Eilean na Hearadh Fèis Tìr an Eòrna Fèis Bharraigh Fèis Tìr a' Mhurain Fèis Eilean an Fhraoich Fèis an Rubha Fèis Thròndairnis Fèis Ratharsair	

	Bidh mi a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach mar a bhios feum aca orm, agus gan cuideachadh ag ullachadh airson na Fèisean aca. Bidh mi air làimh ma tha ceistean sam bith aca, agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith gan cuideachadh le pròiseactan sònraichte sam bith a bhios fainear dhaibh. Ma tha e comasach dhomh, bidh mi an làthair aig na Fèisean aca cho fada 's a tha iad gam iarraidh. Aig an ìre sa dhan bhliadhna, bidh againn ri foirmichean tabhartais Fèisean nan Gàidheal a lìonadh leis na Fèisean againn agus bidh cuideachd againn ri planaichean leasachaidh ullachadh dha na Fèisean air fad le taic bhuapa fhèin. Le cuid aca, bidh agam fhìn ri targaidean a chruthachadh dhaibh a shaoileas mi a thèid an coileanadh le cinnt agus chuir mi thuca iad gus aonta a ruigeil leotha. Tha sinn gu bhith cleachdadh na planaichean seo mar stiùir air na tha sinn airson a dhèanamh. na mìosan a tha romhainn. Tha coinneamhan bhliadhnail air a bhith a' dol anns na beagan sheachdainean a chaidh seachad. Bha mi aig coinneamh bhliadhnail Fèis Tìr an Eòrna air 2 Samhain, far an d' fhuair iad dithis air a' chomataidh às ùr, tè dhiubh a ghabh dreuchd an rùnaire òs làimh leis gun dh'fhàg an tè a bha san dreuchd roimhe. Tha comataidh glè làidir aca ach dh'iarr iad orm brath-naidheachd a sgrìobhadh dhaibh airson daoine ùr a thàladh dhan bhuidheann leis gu bheil beagan a bharrachd taic a dhìth orra. Rinn mi seo agus chuir mi chun Phàipear e ann an Uibhist. Tha clasaichean leantainneach aca a' ruith ann am bocsa-ciùil, giotàr, feadan/pìob agus fidheall, a thòisich air oidhche na coinneimh bliadhnail. Chaidh mi gu coinneamh bhliadhnail Fèis Eilean na Hearadh air 7 Samhain agus thàinig dithis far a' chomataidh a bha air a bhith ann bhon fhìor thoiseach agus thàinig tèile dheth cuideachd. Ghabh tè a bh' air a' chomataidh dreuchd an ionmhasair agus thill tèile chun chomataidh mar iar-chathraiche gus taic a chumail dhan chathraiche leis gu bheil a dithis pàrant a' fulang le aillse. Tha iad am beachd clasaichean bogsa-ciùil a ruith agus bhruidhinn mi-fhìn ri Iain Angus Macleòid feuch am biodh e deònach, agus nì mi-fhìn an àrd buidseat gus am faic sinn am bi feum againn air taic-airgid a bharrachd. Leis gu bheil na cunntasan uabhasach fallainn, chaidh aontachadh gum bu chòir do dh'airgead a bharrachd a bhith air a chosg air ionnstramaidean, gu h-àraidh clàrsaich, 's nach biodh aca ri ionnstramaidean fhaighinn air iasad bho FNG as t-samhradh còmhla ri fèisean eile. Chaidh coinneamh bhliadhnail a shanas le Fèis an Earraich airson 28 Samhain. Bha mi an làthair ach cha do nochd ach ceathrar: Kirsteen Ghreumach, Alison Livingstone, Ishbel Strachan agus Angus MacCoinnich. Cha robh gu leòr an seo airson coinneamh bhliadhnail a chumail idir agus mar sin dh'aontaich sinn air ceann-latha eile, 12 Dùbhlachd. Bidh agam ri brath-naidheachd a sgrìobhadh dhaibh leis gum bi iad a' comharrachadh 30 bliadhna dhan fhèis ann an 2018 agus gum bi feum aca air taic a bharrachd gus seo a dhèanamh. Bidh coinneamh bhliadhnail ga chumail aig Fèis Tìr a' Mhurain air 5 Dùbhlachd agus tha mi an dùil a bhith an làthair. Bidh iad a' sireadh beagan a bharrachd taic am bliadhna. Bha mi aig dà choinneamh le Fèis Bharraigh air 21 Samhain far na bhruidhinn sinn air clàr-ama agus atharrachaidhean a ghabhadh dèanamh gus deugairean a thàladh chun fhèis. Mhol mi-fhìn clas Film G a dhèanamh agus ghabh iad ri seo mar chiad roghainn mus feuchadh iad càil eile. Bhruidhinn sinn cuideachd air clas 'outdoor pursuits' a dhèanamh agus clas dannsa cèilidh a dhèanamh le Fèis Mheadhain gus an cumail trang! Tha an neach-rianachd a' leigeil dhith a dreuchd agus mar sin choimhead sinn ris an t-sanas-obrach agus am foirm-iarrtais gus an ùrachadh. Tha sinn an dùil an obair a shanas gu sgiobalta leis gu bheil Marion dol a dh'fhuireach mìos eile mus fàg i. Bha beachd aig Mairi Anna air co-obrachadh le Fèisean eile air trì dheireadh-sheachdain còmhnaidh ann am Barraigh, Uibhist agus Leòdhas/na Hearadh agus tha sinn a' dol a choimhead air iarrtas Royal Edinburgh Military Tattoo Fund airson a' phròiseact seo.
AC23	**A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain**
	Tha teisteanas àrachais againn agus bidh mi a' sgaoileadh seo chun na Fèisean airson gach tachartas a bhios aca.
AC24	**Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta**
	Bidh mi a' faighinn a-mach bho gach Fèis mu dheidhinn na feumalachdan trèanaidh aca. Bidh mi a'

	sgaoileadh fiosrachadh mu dheidhinn cùrsaichean ciad cobhair anns na h-Eileanan Siar oir pàighidh Fèisean nan Gàidheal airson buill-comataidh a chur chun trèanadh. Leis gu bheil buill ùr a' nochdadh air na comataidhean leis gach coinneamh bhliadhnail, tha mi air seo a chur nan cuimhne a-rithist gus am bi cothrom aig gach neach a bhith air an trèanadh. Tha na planaichean leasachaidh ag innse dhomh cò a tha feumach air trèanadh sònraichte agus tha sinn a' moladh dhaibh cùrsa NSPCC a dhèanamh mar thrèanadh dhìon-cloinne. Tha mi air dithis aig Fèis Tìr an Eòrna a chur air cùrsa ciad cobhair agus air an cothrom a thabhann do chàch aig deas. Tha mi cuideachd air
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	**A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh**
	Bidh feum aig gach Fèis air poileasaidh Gàidhlig. Bidh mi a' coinneachadh ris na Fèisean airson poileasaidh Gàidhlig agus plana leasachaidh a dhealbhachadh agus bidh mi gam brosnachadh gus a bhith a' fastadh luchd-teagaisg a tha fileanta sa Ghàidhlig. Bidh cuid de na Fèisean a' tabhann chlasaichean còmhraidh don fheadhainn a tha ag ionnsachadh. Tha liosta de bhriathran feumail againn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal airson luchd-teagaisg agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig na comataidhean air seo. Cuideachd ma tha feum air daoine sa chomataidh air taic le Gàidhlig, tha fios aca gu bheil mi ann airson an cuideachadh.
AC28	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh**
	Am bliadhna, a dh'aindeoin an t-uabhas shanasachd agus bruidhinn ri deugairean fa-leth, cha d' fhuair sinn gu leòr iarrtasan airson ceilidh air chuairt a ruith anns na h-Eileanan Siar a mhàin. Mar sin dh'aontaich sinn co-obrachadh le Cèilear seach nach d' fhuair iadsan na h-àireamhan a bharrachd. Bha Màiri Jo Chaimbeul ag obair mar cho-òrdanaiche agus tha mi-fhìn agus Kirsteen aig Fèis an Earraich a' toirt taic dhi le bhith a' cur cùisean air dòigh. Bha còigear againn air a' chuairt – ceathrar às an Eilean Sgitheanach agus fear à Baile Ailein an Leòdhas agus bha iad eadar na h-Eileanan Siar agus an Eilean Sgitheanach. Chaidh iad gu Fèis Alba air a' chiad seachdain dha na làithean saora n dèidh dhaibh latha trèanaidh a bhith aca san Òg Mhìos agus à sin chaidh iad air cuairt tron Eilein Sgitheanaich agus sgìre Loch Aillse, agus an uairsin chun na h-Eileanan Siar, a' tòiseachadh le cuirmean co-cheangailte ri Fèis Cheilteach Innse Gall agus a' dèanamh an slighe tro na h-eileanan air fad gus an d' thàinig iad gu crìoch aig cuirm mòr Ceòlas ann an Iochdar. Thàinig aithisg bhon cho-òrdanaiche agus chaidh fàirdealan am pàigheadh. Airson 2018 tha sinn an dòchas cèilidh air chuairt fa leth a dhèanamh anns na h-Eileanan Siar a-rithist leis gu bheil beartas de thàlant ann agus gur e cothrom fìor mhath a th' ann. Bidh mi ag obair air maoineachadh agus sanasachd a dh'aithghearr gus dèanamh cinnteach gum bi fios aig deugairean mu dheidhinn.
AC32	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**
	Bidh mi a' cur sgeulachdan agus deilbh ann an gach iris aig Faileas, ag innse do dhaoine air na tha air a bhith a' dol aig na Fèisean anns an sgìre agam. Bidh mi a' dèanamh 'share' air tachartasan air an duilleag Facebook aig Fèisean nan Gàidheal agus a' sgrìobhadh air an làrach-lìn againn, agus a' cur fios chun na sgoiltean agus chun na Fèisean agam ma tha cothroman a' nochdadh do dh'òigridh. Tha mi air sgioba rianachd cuid dhe na duilleagan Facebook aig na Fèisean agus mar sin gheibh mi fhìn air postairean agus brathan-naidheachd fhoillseachadh agus 'share' a dhèanamh air rudan a tha iad a' cur air dòigh.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**	
AC33	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean**
	Ag obair le Art, Calum Alex agus Eilidh aig FNG, chuir sinn tairgse a-mach airson cuideigin fhaighinn a chruthaicheas cùrsa dhuinn do luchd-teagasg a gheibh a lìbhrigeadh le diofar dhaoine ann an diofar àitean. Choinnich sinn ri David Francis, a tha ag obair aig TRACS, airson beachdan fhaighinn air mar a b' urrainn dhuinn obrachadh còmhla. Fhuair sinn dà thairgse air ais bho Iain Finlay MacLeòid agus Social Enterprise Academy agus an dèidh dhuinn beachdachadh air na bha iad a' gealltainn, dh'aontaich sinn an cùmhnant a shìneadh gu Iain Finlay Macleòid. An-dèidh dha cùrsa a dhealbhadh, chuir sinn latha trèanaidh air dòigh sa Mhàrt agus thàinig seachdar airson a' chùrsa a ghabhail. Fhuair iad an t-uabhas a-mach às agus a rèir na foirmichean-measaidh, bha e soirbheachail dha-rìreabh. Chaidh latha trèanaidh airson a' chùrsa a ruith a chumail ann an Inbhir Nis air 25 Samhain anns an ionad Spectrum agus bha

	sianar clàraichte air a shon: Hector MacAonghais, Calum Macleòid, Catriona NicAoidh, Lilian Ross, Mairi Anna NicUalraig agus Lindsey Charnley. An-dèidh beagan measaidh fhaighinn bhuapa tro fhoirm Google Forms, 's mathaid gun cuir sinn latha trèanaidh eile air dòigh 's gum faigh iad air na sgilean a dh'ionnsaich iad a chur an cèill gu practigeach. Bhiodh latha a bharrachd roimhe far am b' urrainn dhuinn tuilleadh dhaoine a ghabhail air a' chùrsa na bhuannachd oir bha gu leòr ann a fhuair cuireadh chun chiad latha trèanaidh nach b' urrainn a bhith an làthair air 25 Samhain a bhiodh math dha-rìreabh mar luchd-lìbhrigidh a' chùrsa.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	**A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)**	
	Tha sinn air siostam a chur air dòigh airson cosgaisean a ghlèidheadh far am feum sinn na mìltean a tha sinn air a dhèanamh a sgrìobhadh sìos ann an cruth ùr, agus tha seo a' cumail clàr de na sgaoilidhean carbon againn.	
AC46	**A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math**	
	Faic AC14	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach**	
	Faic AC32	
AC51	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**	
	Faic AC32	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG5	**Eadar-theangachaidhean Gàidhlig**	
	Bidh gach Fèis a' tighinn thugam le eadar-theangachaidhean sam bith a bhios a dhìth orra m.e. postairean, brathan-naidheachd, fiosrachadh mu choinneamhan bhliadhnail, foirmichean iarrtais, foirmichean measaidh agus msaa. Bidh sinne, nar oifigearan leasachaidh, a' toirt taic dha chèile le seo cuideachd nuair a tha sùil eile a dhìth.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG11	**Pròg raman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	**A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt**	
	Faic AC28	
InG19	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig**	
	Faic AC20 agus AC41	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG5	**Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16**	
	Faic AC21	
BnG20	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig**	

	cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Faic AC27	
BnG21	**Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg**	
	Bidh sinn a' sgrìobhadh aithisgean ràitheil a bhios sinn a' cur gu Art MacCarmaig airson ar luchd-maoineachaidh, mar fhianais air an obair a bhios sinn a' dèanamh.	
BnG24	**Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.**	
	Thèid aithisg a sgrìobhadh mu phròiseactan anns an robh BnG an sàs agus thèid an aithneachadh gu iomchaidh air postairean, brathan naidheachd, foirmichean iarrtais agus stuthan sam bith eile, le suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig air gach fear.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

Esn't

AINM	**ROWAN NICPHEADRAIS**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Prògraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Tha Fèis Latharna air a bhith soirbheachail a' cosnadh taic-maoineachaidh tron Sgeama-Leasachaidh airson CD ùr a dhèanamh le ceòl bho seann còm-pàirtichean Cèilidh air Chuairt Earra-Ghàidheal. Fhuair Fèis nan Garbh Chrìochan taic-maoineachadh bhon Sgeama-Leasachaidh FnG airson latha de bhùthan-obrach a chaidh a ruith san t-Sultain 2017, le oideachadh bho chòmhlan-ciùil DOSCA ann an Àrd-Sgoil Àird na Murchan. B' e latha air leth a bh' ann a bha a' còrdadh ris a h-uile duine an làthair. Às dèidh a bhith soirbheachail le iarrtas Sgeama-Leasachaidh, tha Fèis Dhùn Èideann air a bhith trang a' clàradh CD ùr a thèid a chur air bhog san t-Samhain 2017.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg̀ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Tha mi ag obair gu dlùth ri na fèisean leis a tha mi toirt taic gus program pàillt a chumail a' dol fad na bliadhna. Tron t-Sàmhraidh, thug mi cuideachadh do iomadh fèis leis na tachartasan aca agus tha mi a-nis a' lorg maoineachadh dhaibh a dhearbhadh gun tèid na pròg̀raman aca a' dol. Tha mi air a bhith cur taic ri Fèis an Tairbeirt leis a' phròg̀ram ùra aca de lìbhreagadh chlasaichean leantainneach aig na deireadh-seachdainean tro theirm na sgoile. Chaidh a' phrìomh fheis aca a chumail air an 16mh latha den t-Sultain 2017. Tha iad cuideachd air pròg̀ram de chlasaichean pìobaireachd a stèidheachadh a thathar a' lìbhrigeadh tro Skype. Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu air tighinn beò a-rithist às dèidh a bhith neò-ghnìomhach airson beagan	

	bliadhnaichean agus tha comataidh ùr aca a dh'obraich cruaidh a chur air dòigh fèis trì latha a chaidh a chumail aig deireadh a' Chèitean. Thathar an dòchas, às dèidh soirbheachas na fèise, gum bi cothrom ann a-nis pròg ram de chlasaichean leantainneach a stèidheachadh agus tha iad a-nis dèanamh planaichean airson fèis còig latha a thèid a chumail san Giblean eadar an 9mh – 13mh. Tha mi ag obair gu dlùth riutha a dhèanamh cinnteach gu bheil taic gu leòr aca na planaichean seo a choileanadh. Chaidh Fèis an Iar Dheas a chumail aig deireadh an Dàmhair is i a bha glè shoirbheachail. Tha an comataidh a-nis den bheachd deitichean na fèise a ghluasad gu àm na Caisge agus tha mi ag obair gu dlùth riutha gus na planaichean seo obrachadh a-mach. Às dèidh ath-roinn na fèise a thachair a chionn goirid, tha mi air a bhith cur eòlas air na fèisean a tha ùr dhomh agus a cur taic riutha le tachartasan agus an leithid.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	San dreuchd ùra agam, tha mi a' toirt do dh'Fhèisean le buidseatan mar a bhios iomchaidh, le pròiseactan agus tachartasan agus a' toirt còmhairle dhaibh air mar bu choir dhaibh a bhith ag amas air reataichean Aonadh an Luchd-Chiùil.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Tha mi an-còmhnaidh a' cur taic ri Fèisean an Stòras Ionnsramaidean Ciùil a chleachdadh mar a bhios iomchaidh.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Tha mi toirt taic leantainniche dhan sgeama PVG againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na fèisean uile air na tachartasan aca a chur air dòigh le dìon iomchaidh dha chloinn agus inbhich so-leonte.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Tha mi an-còmhnaidh mòladh do dh'Fhèisean gum biodh e math nan cuireadh iad air dòigh oideachadh Sgioba-G aig na tachartasan aca agus bheir mi taic leotha ma tha iad an dùil a dhol air adhart leis.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha mi a' cur taic ri fèisean agus na cuirmean-ciùil ionadail aca agus tha mi an-còmhnaidh dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh iomchaidh 'son na tachartasan aca a' dol a-mach air na cunntasan againn air na meadhanan sòisealta. An-uiridh, fhuair Cèilidh air Chuairt Loch Abar cothroman a chluich aig tri cuirmean-ciùil Bhlas mar phàirt den fhèis, far an do chluich iad air beulaibh muinntir na sgìre ionadail aca còmhla ri sàr luchd-ciùil eile. Anns an t-Sultain 2017, bha cuirm-ciùil sònraichte aca aig Blas – a chomharrachadh 15 bliadhna 'on a chaidh a' chiad fèis aca a chumail. San t-Samhain 2017, chaidh cuirm-ciùil "Fèis the Music" a chumail le Fèis an Iar Dheas, a bha uabhasach	

	soirbheachail le mu 80 luchd-amhairc an làthair. San Dùbhlachd 2017, cluichidh buidhean de chòm-pàirtichean Fèis Phàislig aig Na Trads. San Dùbhlachd 2017, thèid cuirm-ciùil na Nollaige a chumail le Fèis Phàislig, le còm-pàirtichean bho gach roinn sa phròg ram farsaing aca a' gabhail pàirt – an còisir ùr aca am meag na buidhean a bhios air an àrd-ùrlar air an oidhche.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Tha mi moladh do na fèisean agam luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh nuair a bhiodh e freagarrach agus feumail dhaibh. Tha Fèis nan Garbh Chrìochan dìreach air neach-eagrachaidh ùra fhastadh a bhios dèanamh obair dhaibh tro uairean rianachd agus tha mi cur taic rithe gus am faigh i greim air an dreuchd. Tha Fèis Arainn cuideachd air boireannach ionadail fhastadh mar neach-eagrachaidh a bhios dèanamh obair rianachd dhaibh. Tha Fèis an Tairbeirt an dùil cuideigin fhastadh mar neach-eagrachaidh agus tha mi cur taic riutha le seo.	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Tha mi a' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh fèisean ùra a stèidheachadh. Tha Fèis Ghàidhlig Ghlaschu air tighinn beò a-rithist às dèidh a bhith neò-ghnìomhach airson beagan bliadhnaichean agus tha comataidh ùr aca a dh'obraich cruaidh a chur air dòigh fèis trì latha a chaidh a chumail aig deireadh a' Chèitean. Thathar an dòchas, às dèidh soirbheachas na fèise, gum bi cothrom ann a-nis pròg ram de chlasaichean leantainneach a stèidheachadh agus tha iad a-nis dèanamh planaichean airson fèis còig latha a thèid a chumail san Giblean eadar an 9mh – 13mh. Tha mi ag obair gu dlùth riutha a dhèanamh cinnteach gu bheil taic gu leòr aca na planaichean seo a choileanadh. Tha mi air a bhith ann an conaltradh ri boireannach air Diùra a tha airson fèis ùr a stèideachadh – agus tha mi toirt taic dhì leis a' seo. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth ri fèis gu tur ùr – Fèis Chille Bhrìghde an Ear – a tha an dùil tachartas-fèise a chumail as t-Earrach.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd	
	Tha mi cur taic ri Ealain Òigridh na Gàidhealtachd mar a bhios iomchaidh. Tha mi cuideachd air a bhith coimhead air Ealain Òigridh Earra-Ghàidheal agus na dòighean anns a dh'fhaodadh sinn a bhith ag obair ann an co-bhonn còmhla riutha.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Tha mi cur taic ri Fèis Bhlas nuar a bhios iomchaidh. An-uiridh, fhuair Cèilidh air Chuairt Loch Abar cothroman a chluich aig tri cuirmean-ciùil Bhlas mar phàirt den fhèis, far an do chluich iad air beulaibh muinntir na sgìre ionadail aca còmhla ri sàr luchd-ciùil eile. Anns an t-Sultain 2017, bha cuirm-ciùil sònraichte aca aig Blas – a chomharrachadh 15 bliadhna 'on a chaidh a' chiad fèis aca a chumail. Tron t-Sàmhraidh, bha Diane Bruce ag obair còmhla rinn ann an Inbhir Nis. Rinn i an t-uabhas airson Fèis Bhlas, gu sònraichte a thaobh obair margaideachd air loidhne tro na meadhanan sòisealta.	

AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Tha mi cur taic ri na fèisean agamsa le tachartasan còmnaidheach agus cur-seachadan ann an coimhearsnachdan. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Fèis Òigridh na Mara, a tha an dùil cruth dhen Fèis aca atharrachadh agus fèis còmhnaidheach a stèidheachadh gach bliadhna san Gearran.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha mi cur taic leantainniche ri na 14 fèisean a th' agam agus ag obair gu dlùth còmhla riutha a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn comhairle agus taic sam bith a tha dhìth orra.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Thathar a' tairgse trèanadh sam bith do dh'fhèisean a bhiodh feumail gus na tachartasan aca a' ruith nas eifigiche. Rinn buill-chomataidh Fèis an Tairbeirt cùrsa dìon-chloinne o chionn greiseag a bha uabhasach feumail dhaibh. Tha buill aig am fèis cuideachd air cùrsa Gàidhlig a dhèanamh aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha cuid de na fèisean leis a bheil mi ag obair air ùidh a shealltainn ann a bhith leasachadh na sgilean Gàidhlig aca – 's mar sin, tha mi coimhead air dòighean latha-trèanaidh a chur air dòigh dhaibhsan. Tha Fèis Lochabair cuideachd airson nan sgilean Excel a leasachadh, 's mar sin, tha mi a' lorg cùrsa-trèanaidh dhaibh a bhiodh freagarrach. Ghabh buill-comataidh Fèis Phàislig agus Fèis Ghàidhlig Ghlaschu pàirt ann an cùrsa ciad-cobhair o chionn greiseag. Thèid latha-trèanaidh a chumail san t-Samhain 2017 airson Fèis Arainn air an làrach-lìnn ùr aca, le stiùireadh bho Grant MacFarlane.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Tha mi air an bhith air iomadh cùrsa-trèanaidh on a thoisich mi ag obair aig Fèisean nan Gàidheal. 'S iad na leanas: • 18.2.15: Google Juice Bar, Inbhir Nis • 20.4.15 – 24.4.15: ScotGrad Training Week, Am Blàr Dubh • 12.5.15: "Marketing that Works" - Culture Republic, Dùn Èideann • 13.5.15: Marketing Workshop with Muckle Media, Inbhir Nis • 22.5.15: One on One Meeting with Alex Smith, Inbhir Nis • 3.6.15: Group Meeting with Alex Smith, Inbhir Nis • 8.6.15: Arts Award Adviser Training, Inbhir Nis • 1.10.15: Doing Business in Germany, Glaschu • 7.10.15: Trèanadh air an làrach-lìnn ùra còmhla ri Heckie Cormack • 24.11.15: "Open for Business – Seasonality" webinar le HIE • 27.1.16: Trèanadh Ghàidhlig còmhla ri Iain Urchardan, Port Rìgh • 4.2.16 – 5.2.16: "Preparing to Export" le HIE, Inbhir Nis • 10.2.15: Trèanadh air càmarathan le Gordon Willoughby & càmarathan bhideo le Alasdair MacIlleathain • 25.2.16: "Unlocking Twitter Success" – Culture Republic, Dùn Èideann • 2.3.16: Trèanadh Ghàidhlig còmhla ri Iain Urchardan, Port Rìgh • 15.3.16: "Marketing that Works" – Culture Republic, Dùn Èideann • 1.11.16 – 3.11.16: Cùrsa Gàidhlig air sgrìobhadh còmhla ri Ruairidh MacIlleathain, Inbhir Nis • 7.11.16: Latha trèanaidh air gràmar còmhla ri Iain MacIllechiar, Inbhir Nis • 28.11.16 Cùrsa ciad cobhair le British Red Cross, Inbhir nis • 1.5.17: Cùrsa ACAS air loidhne air co-ionnannachd agus iomadachd • 20.6.17: Trèanadh Gàidhlig le Muriel Urchardan, Port Rìgh	

	Faic AC24 airson fiosrachadh mu thrèanadh airson na fèisean fhèin.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Tha cleachdadh na Gàidhlig leantainneach gu ìre air leth soirbheachail, agus tha sinn an-còmhnaidh ag obair gu cruaidh gus àrainneachd Gàidhlig a leasachadh, san oifis agus cuideachd taobh a-muigh an oifis. Tha mi an-còmhnaidh mòladh do dh'Fhèisean gum biodh e math nan cuireadh iad air dòigh oideachadh Sgioba-G aig na tachartasan aca agus bheir mi taic leotha ma tha iad an dùil a dhol air adhart leis. Tha fiosrachadh daonnan a' nochdadh air meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig an toiseach, 's an uair sin, tha eadar-theangachadh sa Bheurla. Tha fàilte Gàidhlig an-còmhnaidh cuir air luchd-tadhail dhan oifis/daoine air a' fon an toiseach, 's a' crochach ris a' fhreagairt aca, còmhraidhean an cumail sa Ghàidhlig, no sa Bheurla. 'S e an aon modh a thathar a' cleachdadh nuair a tha sinn a' tadhal air Fèisean/tachartasan Gàidhlig. 'S i Gàidhlig an cànan tòiseachaidh, 's an uair sin, leanaidh còmhraidhean air sa Ghàidhlig no sa Bheurla – a-rèir freagairt an duine. Tha mi air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter a dhèanamh airson na Fèisean, le abairtean feumail sa Ghàidhlig. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail 's eadar-obrachail, 's mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a' fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi cuideachd air ùrachadh a dhèanamh air duilleag-cuideachaidh a rinn mi a chaidh a sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta. San t-Samhainn 2016, chaidh mi air dà chùrsa gus mo chuid Ghàidhlig a neartachadh. San t-Ògmhios 2017 rinn luchd-obrach FnG trèanadh Gàidhlig le Muriel Urchardan.
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Bha dà fhèis agam (mus do thachair ath-roinn na fèise) aig a bheil Cèilidh air Chuairt as t-Samhradh: Fèis Latharna agus Fèis Lochabair. Tha an dithis aca air crìoch a chur air nan cuairtean agus bha a dhà dhiubh uabhasach soirbheachail. Tha mi cuideachd air ùrachadh a dhèanamh air duilleag-cuideachaidh a rinn mi a chaidh a sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta.
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	AC19
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte
	Tha mi a' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha còmharrachadh chuspairean sònraichte nuair a bhios e iomchaidh.
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh
	San Lunasdal 2016, chaidh mi-fhìn agus Arthur gu Cruinneachadh Gàidhlig san t-Òban, far a lìbhrig sinn bùthan-obrach mun obair againn aig Fèisean nan Gàidheal agus BLAS – agus na leasachaidhean a thathar a' dèanamh gus Gàidhlig a neartachadh ann an Earra-Ghàidheal. San t-Samhain 2016, chaidh mi gu "Siuthad" – latha nan dreuchdan do dheugairean aig a bheil Gàidhlig, a chaidh a chumail ann an Glaschu. Fhuair mi cothrom a chabadaich ri tòrr dhaoine òga mun obair a tha Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh agus na cothroman obrach a bhios ann dhaibh ann an t-saoghal na Gàidhlig nuair a dh'fhagas iad sgoil. San Fhaoilleach 2017, thadal mi air sgoilearan Àrd Sgoil an Obain airson Feasgar Gàidhlig, far an d' fhuair mi cothrom bruidhinn riutha mu dhèidhinn na slìghean eadar-dhealaichte a tha ann ma tha iad an dùil Gàidhlig a dhèanamh nuair a dh'fhagas iad sgoil.

AC32	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh’fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra. Airson deich seachdainean tron t-Sàmhraidh (2016), bha Diane Bruce ag obair còmhla rinn ann an Inbhir Nis. Rinn i an t-uabhas airson Fèis Bhlas, gu sònraichte a thaobh obair margaideachd air loidhne tro na meadhanan sòisealta. Bha i air ais as t-Samhradh 2017 ag obair airson Blas agus ‘s e obair fìor mhath a rinn i a-rithist.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A’ Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig	
	Tha mi a’ cur taic ri feisean agus a’ dèanamh eadar-theangachaidhean dhaibh gu tric. Tha mi air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter a dhèanamh airson na Fèisean, le abairtean feumail sa Ghàidhlig. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail ‘s eadar-obrachail, ‘s mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a’ fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi cuideachd air ùrachadh a dhèanamh air duilleag-cuideachaidh a rinn mi a chaidh a sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh’fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A’ cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Faic AC17.	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean	
	Faic AC2 agus AC7.	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus prògraman coimhearsnachd a chumail suas	
	Faic AC2.	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a’ gabhail a-steach: a’ dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faic AC24.	
A’ Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh’òigridh		
InG15	A’ toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faic AC24.	
A’ tarraing luchd-èisteachd is a’ leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28.	
InG17	A’ cur air dòigh agus a’ leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faic AC6.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a’ dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20.	
InG20	A’ tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Faic AC30.	

InG21	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC31.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha mi a’ cur taic ri na h-iomairtean Gàidhlig nuair a bhios iomchaidh.	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Faic AC2, AC7, AC8, AC16, AC21 & AC27.	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean ‘Fèis Bheag’ no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.17	
	Tha uiread às na 14 (seann) fèisean agam a’ lìbhrigeadh Fèis Bheag air choireigin no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean. Tha Fèis Lochabair a-nis a’ lìbhrigeadh bùithtean-obrach agus clasaichean airson òigridh bho dh’aois 0-18, le bùth-obrach ùra, Pàrant is Pàiste, a chaidh a chur an gnìomh san Lunasdal 2016 airson a’ chiad turas. A’ bharrachd air Pàrant is Pàiste, tha bùithtean-obrach aca airson aoisean 3-5, 5-7 agus cuideachd na clasaichean àbhaisteach airson 8-18 bliadhna a dh’aois. Tha Fèis na h-Apainne cuideachd a’ lìbhrigeadh oideachadh do chloinne bho dh’aois 0-18 agus cuideachd do dh’inbhich. Tha Fèis Latharna an dùil Fèis Bheag a stèidheachadh airson a’ phrìomh fhèis aca aig Àm na Càisge 2018. Cuideachd, tha na fèisean a’ leanas uile a’ tabhann Fèis Bheag no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean mar tha: Fèis Mhuile, Fèis Thiriodh, Fèis an Tairbeirt, Fèis nan Garbh Chrìochan agus Fèis Eige. Ruith Fèis Ghàidhlig Ghlaschu Fèis Bheag aig aig am fèis trì latha aca a chaidh a chumail sa Chèitean.	

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org